Digitized by the Internet Archive
in 2014

http://archive.org/details/laoidheeidirthea1779chur

LAOIDHE
EIDIR-THEANGAICHT'
AGUS
EIDIR-MHINICHT'
O
CHUIMH-REANNAIBH EAGSAMHAIL
DO'N
SCRIOPTUR NAOMHTHA.

COMH-CHRUINNICHT' AGUS DEASAICHTE
Le Buidheann ainmnichte le AIRD SHEANADH EAGLAIS ALBA. Agus, a chuirladh le Reachd AIRD SHEANAIDH 1745, fa Bhreitheamhnas nan SINSIR r'an Sgrudadh.

Agus, iompoicht anois, gu GAOIDHEILG ALBANNAICH; air Iarrtas SEANAIDH EARRA-GHAOIDHEAL: Chum Leas coitcheann GAOIDHEALTACHD ALBA; le

ALASTOIR MAC PHARLAIN, M.A.
Miniſter an t Soiſgeil ann CILL-MHEILEAIRT, 's ann CILL an INBHIR.

Clodh-bhuailt' agus r'an Reic le EOIN GILLIES
Leabhair-reiceadoir ann PEAIRT.
MDCCLXXIX.

ADVERTISEMENT.

IT has been often and earneſtly deſired, by pious and devout Perſons, to have our PSALMODY enlarged, by joining with the PSALMS of DAVID ſome other SCRIPTURAL SONGS, out of the New Teſtament as well as the Old. The Church of Scotland had this Deſign in View not long after the Revolution, and it has been at different times under their Deliberation, as appears by ſeveral Acts and Recommendations of General Aſſemblies. By act of Aſſembly 1742, a Committee was appointed to collect and prepare Tranſlations and Paraphraſes of Sacred Writ in Verſe: This Committee having made no report, the Aſſembly 1744 renewed their appointment on them for this purpoſe, and added ſome others to their Number. In conſequence of theſe appointments of the Aſſembly, Letters were writ, in name of this Committee, to the ſeveral Preſbyteries, deſiring them to ſend any materials they could furniſh for this pious deſign. Theſe poems, which are now printed, and tranſmitted to Preſbyteries, by act of Aſſembly, are part-

ly collected from the pious and ingenious Dr. WATTS, and ſome other writers, with ſuch alterations as appeared to fit them more for the preſent purpoſe; and partly furniſhed by miniſters of this Church. The Uſe for which they were intended, required ſimplicity and plainneſs of compoſition and ſtile. The Committee who prepared them chiefly aimed at having the ſenſe of Scripture expreſſed in eaſy Verſe; ſuch as might be fitted to raiſe devotion, might be intelligible to all, and might riſe above contempt from perſons of better Taſte.

The General Aſſembly 1749 did, by their Act, tranſmit theſe Tranſlations and Paraphraſes to the Committee, with Inſtructions to conſider the Amendments which have been offered by Preſbyteries, to admit ſuch as they judge proper and material, and to cauſe print a new impreſſion of the Collection ſo amended, in order to its being again tranſmitted to Preſbyteries: Accordingly, the propoſed Amendments have been carefully conſidered and examined by the Commitee, and many of them admitted into this new Impreſſion.

AT

AT *INVERARY*, the fifth day of Auguſt One Thouſand Seven Hunred and Fifty-one years: SEDERUNT, he Provincial Synod of *Argyle*: *Seſſio quinta, ora decima ante meridiem*, after Prayer, oll called and marked: The Synod havng laſt year recommended to Mr *Alexnder Mac Farlain* to tranſlate into SCOTS GALLIC, the SCRIPTURE SONGS lately ffered to the conſideration of Preſbyries, by the General Aſſembly of this Church; and he having at a former ederunt, laid before them a Copy of he ſaid Tranſlation; they appointed a Committee to reviſe the ſame. And having now heard and conſidered the Report of the ſaid Committee, and being very well ſatisfied therewith: They appoint the Moderator in their Name to thank Mr *Mac Farlain* for the great pains he has taken in making out ſo juſt, exact and beautiful a Tranſlation; and being convinced, that as the Performance itſelf is excellently adapted to excite Devotion; the publication thereof will be of great

uſe

uſe in the ſeveral corners of this Church where the SCOTS GALLIC is ſpoken Therefore, they earneſtly recommend t Mr. *Mac Farlain* to prepare a Copy fo the Preſs with all convenient ſpeed; an the rather, becauſe they judge his ſo do ing, to be a ſtep towards introducing th ſaid SCRIPTURE SONGS into our public worſhip in the *Highlands*, whenever th Church ſhall approve of, and authoriz the ſame; which this Synod do unan mouſly wiſh may ſoon be the caſe. Ex tracted by

JAMES SMITH, *Clk. Dp*

LAOIDH

LAOIDHE EIDIR-THEANGAICHT' AGUS EIDIR-MHINICHT' O'N SCRIOPTUR NAOMHTHA.

LAOIDH I. *Luc.* ii. 8.—15.

1 FEADH dh'fhairaodhaire dibli treud'
air faithch' Bhethleh'm san oidhch',
Ghrad-thuirling Aingel soills' o Neamh,
theich duibhre las an fhaithch'.
2 Cho 'n eagal duibh, deir se, (oir mheath
oillt obann 's geillt-chrith 'n càil)
Ait-theachdaireachd ur-ghàirdeachais
dhuibhs' canam 's do gach àl.

3 'Nochd rugadh dhuibh am Bethlehem,
do shliochd Dhaibhidh mhic Jess',
An slànai-fhear, seadh Chriost an Triath
so dhuibh air comhar' deas;
4 An Naoidhin neamhaidh chi sibh 'n sin,
follas do rosgaibh dhaoin',

Paisgt'

Paisgt' ann an trusgan an-uasal,
's 'n a luidh' am prasaich fhaoin.

5 Labhair an Seraph so, 's air ball
lion mal-shluagh neamhaidh magh
Dh' Ainglibh dealrach chliudhachadh Dh
s d'am binn-cheol so bu bhladh:
6 Gach Glòir do Dhia s na h àrdaibh naomh'
is sith air talamh choi'ch';
Deagh-rùn o'n am-s' do dhaoin' o Neamh
'nois thionsgnadh, gun cheann crich'

LAOIDH MHUIRE. II. *Luc.* i. 46.—56.

1 O An'main chaoimh le aiteas làn,
do Dhia mo thearmainn seinn;
A mhaitheas mòr-s' o inbh'nam boch
thog Inilt umhal fein.
2 Mis' beannaicht', seadh, le Dia na treis'
sior-aidmhichidh gach Linn;
'Ta ainm-sin sior-ghlan, is a ghradh
sior-mholaidh naomh-shluagh binn.
3 Feach, neart a dheas-laimh nochd Di
luchd-buirb' spionfreamh a bun: [treun
Luchd-àird-inbh' thilg e bonn ois-ceann
's am macant' umhal chrùn.
4 An t Ocrach dhiol le saidh-bhreas lòin;
am Beartach chloidh le gort:

Tearmann d'a òg-laoch Isr'el thug;
ghradh chuimhnich Dia nam feart;
A ghradh gheall e d'ar sinsiorachd
's a dhaingnich le mionn' fior,
Do Abrah'm is d'a theaghlach toght',
buan-mairtheanach gu sior.

LAOIDH SHIMEOIN III.

LUC. ii. 29.—33.

CEadaich do thòg-laoch triall ann sith
chum sior-ruidheachd mar gheall:
Oir-chonnairc mi do shlàint' a Thriath;
is deifrichim mo thriall.
Le d'ghràs re'n raibh ar dùil ò shean,
follas do rosgaibh dhaoin', [buan,
Dhearbh thu do theas-ghradh seasmhach
's do ghealladh sior neamh-chlaon.
So Grian an àidh le'm fògrar duibhr'
a' Gheintileich gun iùl:
Is as an dean do theaghlach toght'
clann Israeil ard-uaill.

LAOIDH IV. LUC. iv. 18, 19.

CLùinnibh, sgeal' ait, 'ta Jos' air teachd,
à ghealladh dhuinn' o shean:

Togbhar s gach croidh' dh'a Cathair-Righ'
's cluinnear gach beal dh'a seinn!

2 'Ta 'n Spiorad dhoirteadh air gu pailt',
dealrach 'n a ghuth 's 'n a ghniomh:
Gliocas gun mhearachd, neart is gradh
is fonn d'a anam caomh.

3 Air teachd dh'a saorar braighde truadh
bh'ag Diabhla borb fa ghlais:
Le smeide sgaoilidh cuibhreach chruaidh
is sgealbaidh doirse prais.

4 Air teachd dh'a triallaidh duibh-neal beud
thig radharc iuil do'n dall, [bhalbh
Claisteachd do'n bhodhar, caint do'n
's do'n bhacach lùth nam ball.

5 Ioc-shlaint' bheir e dh'anamaibh brùit'
siabaidh dear bròin o'n ghruaidh;
Agus le saidh-bhreas pailt' a ghràis,
ni beartach deòraidh truadh.

6 Jubilee 'n Aird-Righ foillsichear
le torman airgid Jos':
Ar siacha gu leir loghaidh se
's ar n oighreachd bheir dhuinn 'rì

7 Le'r n ait Hosanna, Righ na sith!
do theachd-sa failtichear;
Is freagraidh Neamh, is muir, is tir,
le coimh-theirm a's binn gàir'!

LAOID

LAOIDH V. Isa. xlii. 1—13.

1 FEach, m'òg-laoch! feach, mo ſheircin àird-inbheach ann mo threis'! [fàs
Mo roghain e do'n t ſluagh gu leir,
'ſ is ro-mhor dh'e mo ſpeis!
2 Le feartaibh àidh mo Spioraid nàomh'
lan-ullmhaichear mo Rùn:
Chum m'f hir-bhreith thoirt do'n Gheint-
leach thruadh
'ſ do'n eilean mu 'n iadh cuan.

3 Le ſeamh-chaint bheir e teagaſg iuil,
gun bhuirb' bheir ſmachd air beud:
Cuilc bhrùit' cho bhriſear leis gu bràth,
'ſ cho mhùch lìn fa chaol-ſmùid.
4 Gu laſair ſeidear drithleann leis,
di-meas air lag cho dean:
Bheir e ceirt-bhreith gu firinn reidh,
ſuas togbhaidh 'n tuiſleach fann.

5 Gu bràth cho mheataich sbairn an laoch,
air ionſuigh' thi ein bith' buaidh;
Gach mòir-thir 's eilean theid fa ſmachd,
'ſ fa cheannſal caomh an ſluagh.
6 So deir an Triath ghairm Neamh gu
'ſ a las na lò-chrainn iuil; [bith,

A dhealbh an cruinne mu 'n iadh Grian,
's chuir ſpiorad anns gach feòil.

7 'S tu m' Fhàidh ſlàint-bhriath'rach-ſa;
ſo t inbhe le m' lan-toil; [le còir
Is m'Uilea-chumhachd'sleat mar threòir,
's gach ball am bith thu dol.

8 Mo theachdair 's tu thoirt cunnraidh gràis,
do ſhliochd Iſr'eil mar gheall: [iùl,
Thoirt ſoills' do'n Gheintleach dhall gun
's do bhraighdibh comais triall.

9 Is mis' an Triath; 's air m' àrd-ainm JAH,
aithnichear mi s gach ball:
Mo Ghlòir cho ſealbhaich Iodhol bhreig',
's mo Chathair-Righ cho mheal.

10 Feach! nithe ghealladh leam o ſhean,
ag tachairt 's ag dol ſeach:
'S na nithe nuadh-s' reamh-fhoillſichim,
mar tharlas iad gu beachd.

11 Canaibh do'n Tighearn'binn-cheolnuadh;
coimh-fhreagradh crioch gach tir';
Luchd-fairg' a ſheòlas cuàn nan tonn,
's na h eileanaich gu leir!

12 Luchd-àiteachaidh an fhiàdh-fhaſaich,
's nam bailte ſluagh-mhor àrd;
'S a threabha ſgaoilt' nan Ceadarach;
dh'a canaibh dàn gun chàird'!

13 Sein-

13 Seinneadh gachfluagh gu h aoin-fgealach,
Glòir-ion-mholt' JAH bhioth-bhuain;
'S cluinnear a chliu gu binn-cheolach
ann innfibh cian a' chuain!

LAOIDH VI. Isa. liii.

1 Cia tearc an dream le creideamh beo,
a ghabhas firinn uainn'?
'S a mhothaicheas lan-fhoillficht' dhoibh
mòr-chumhachd Dhe bhioth-bhuain?
2 'Ta Jos' ag teachd!—'s le greadhnachas
cho'n fhoillfichear a dhlù's:
Cho deàlrach àillne thalmhaidh ann,
a tharraing chuig-e tluis.

3 Mar dh'fhàfas ann an talamh teann,
luibh mhaoth gun churam fluaigh:
Mar fin fan tfaoghal aimrid fhuar-s',
chinn dofrach freamh nam buadh.
4 Fa dhi-meas is fa tharcuis' dhaoin';
feach, fear an amh-ghair thruaidh!
Do-bròn bu chuideachd dh'a gach la,
ann taobh a bhos do'n uaigh.

5 Ach b'i ar cionta' a ghiulain e;
bu dòghrainn d'a ar truaidh':
An tfaighead chaitheadh oir-n', ghabh e,
'n a chroidh' chum tearmainn fluaigh.

6 Mar an-duin' mallaicht' mheaſadh e,
'ſ mar fhògarach o ghràs;
Fa ſmachd ar cionta chaill e fhuil,
is tharraing oſna bàis.

7 Le naomh-fhuil-ſ' nigheadh dhinn' gu
mor-thruaillidheachd ar lochd;[glan,
Ioc-ſhlaint' o bhuille 's beath' o bhàs
fhuair ſinn d'ar n an'maibh bochd.

8 Chuaidh daoine dall is ceannairceach
air iomroll truadh mar threud:
Is leag am Breitheamh comh-thromach
ar ſeachran air 's ar beud.

9 Fa bhuille trom an achmhaſain-ſ',
feach, giulan caomh Mic De,
Mar uan gun loch'd a dh'im-licheas
an làmh a chaſgras e!

10 Cia dh'fhoillſicheas a ghinealach?
gidheadh a geimhlibh cruaidh, [e;
Ghraid-ſpionadh, dhaoradh, 's chaſgradh
le ſamhladh reachd gu truadh! [ceadh;

11 E, meaſg an droch-ſhluaigh dh'adhlai-
luchd-faidh-bhreis thug dh'a uaigh:
Mar chaith e bheatha, bhàſaich e;
gun chiont' nam mi-bheas truadh.

12 Ach togbhaidh Dia chum àird-inbh' e,
ann diaigh a chur fa chois:

Dh'a

Dh'a iodh-bairt naomtha choimh-liont'
o dhòghrainn bheir ſior-fhois. [fein,

13 Oir, àrſa Dia, lan-ſhoirbhichidh
mo tlachd 'n a laimh gun cheiſt:
Is le-ſin teaghlach iomarcach,
's is glòr-mhòr inbh' am feaſd'.

14 Le aiteas an'ma dearcaidh ſe,
air teagar mòr a phein:
'S mile ſaor-anam beannaichidh
rioghachd Mheſſiah threin.

15 Le laochraidh neart-mhòr roinn e
uil' eas cairde ſcath ſios: [chreach,
Am meaſg luchd-uilc ge d' thuite 'nſo,
mar bhuaidh-fhear dh'eirich 'rìs.

16 Dh'fhulang trom-dhòghrainn dh'eag
chum logha ciont' aſhluaigh: [an Triath;
'S mar charaid ſior-bheo ſhuas air Neamh,
tagraidh ſe 'n cùis le buaidh.

LAOIDH VII. Philip. ii. 5.—12.

1 TRiallaibhs' 'ta ainmichte air Crioſt,
gu bràth 'n a cheimibh naomh';
Sior-aithriſibh air eſempleir,
is deàlradh i 'n ar gniomh. [lain Jos',

2 Dreach Aird-Righ Neamh' ge d' ghiu-
ge b'ionann natur dh'a,

'S ge nach do mheas mar ea-còir riamh
bith 'n coimh-meas inbh' re Dia:
3 Air ar son-ainne dh'iflich e,
'n ard-mhòrdhachd-fa car feal:
Is comhnuidh ghabh s an natur dhaon'
's a Dhiadhachd chuir fa fmal.
4 Mar neach gun mheas 's mar thràill fa
dh'uir-iflich Crioft e-fein; [fmachd,
Umhal chum bàis, feadh bàs na croich',
a's ro-mhor mafla 's pein.

5 Duais luach-mhor uim-e-fin thug Dia,
do charaid caomh a fhluaigh;
Lain-cheannfal oibre mòr gu leir,
's àrd-ainm ion-mholt' r'a luadh;
6 Chum as air cluintin ainm-s', gu fleachd,
mal-fhluagh fir-bheo nan Neamh,
'S le glùnaibh lùbt' gu h urramach,
gach duine d'a chuid naomh.

7 Neart Ifrinn chum gu tuit fa fmachd,
's gu 'n aidmhich inbh-s' le crith;
'S chum cliu 'n Athar, gu feinn gach beal
àird-cheannfal-s' os gach bith.

LAOIDH VIII. Eabh. iv. 14.—16.

1 JOfa Mac Dhe, thug fuas an deo,
aon uair air fon a fhluaigh,

Ar

Ar Sagart àrd, ſir-bheo, ro-chaomh,
chaidh ſuas chum Neamh', le buaidh.
2 Trid beatha 's bàis, ris leanamaid
gun dealachadh am feaſd': [oillt,
Bheir creideamh nuaidh-neart, 's fògrar
le dòchas trean, gun cheiſt.

3 Gu borb cho d' bhuin re laigſe dhaoin'
Caomh-ſhagart àrd an àidh:
'Ta anam làn do thiom-chroidh' chaoin,
's uaidh' ſruthaidh tuillte gràidh.
4 Le caomh-chomh-mothach' dearcaidh 'n
gach am air laigs' a ſhluaigh: [Triath,
Oir ionſuigh' bhorb na feachain ghairbh
lan-mhothaich, ge d'thug buaidh.

5 Gun chiont', gun gheilt-chrith, ſheas 'n ar
an Gaiſgeach tearmainn trean; [nàit',
'S gear-ſhaighead chaith an Diabhol oir-n',
ghabh sàite 'n a chorp fein.
6 Bu tuirſeach dearach air ar ſon,
an Dia-dhuin' bhos fa'n ghrein;
'S ge h àrd e 'nois air deas-laimh De,
comh-mothaichidh ar pein.

7 Le dochas naomh' graid-ghreaſamaid,
chum Ard-chathair nan gràs;
Is fàth ar gearain doirteamaid,
'n a làthair anns gach càs.

8 Do chum gu faigh sinn cobhair chaomh
o shaidh-bhreas iochd nach traogh,
Lain-dion gach am o ionsuigh' uilc
is suaimhneas o gach dragh.

LAOIDH IX.

Taisb. v. 6.—14.

1 ANn Cathair riogh'ail Athar fein,
seach deàlra Glòir an Uain:
Ur-urram deasaichibh d'a ainm,
is canaibh nuaidh-cheol buan.

2 Iadhadh m'a thimcheall 's àdhradh dh'a
gach sein-fhear glic 's gach drong:
Le boladh cùmhra iodh-bairt thùis,
's le clàirseich 's ceòl-mhor fonn.

3 Is iad so ùrnaigh' naomh-shluaigh De;
's iad so an luath-ghair' bhinn;
'Ta Criost d'ar gearan freagarrach;
's le tlachd ar coimh sheirm chluinn.

4 O, Athair shior-ruidh! cia d'an leir
uil' iom-laineachd do thoil'?
'N Leabhar-s' cia ghlacas ach do Mhac,
no dh'fhuasgaoileas gach seàl?

5 'Nois air Uan De, ar n iodh-bairt-ne,
gu raibh mòr-àdh sior-bhuan:

Ard-

Ard-aimhneas, ſlàint' is Glòir, gu mair
gu bràth ar ceann an Uain!

6 A boilſgean ſineach im-theangach,
roighnich is thug e ſhliochd:
Gach mòir-thir chian is innſe cuain
lan-mhothaich ſaidh-bhreas iochd.

7 Le fhuil gun chionta ſhaor e ſinn;
thug braighde truadh a pein;
Righ' is Sagarta De rinn d'inn',
a riaghlachadh leis fein.

8 Cluin! ard-luath-ghair' armailte Neamh'
timcheall Riogh chathair De:
Milte do mhiltibh binn-bheal ſeinn
gu h aoin-ſgealach gach rè.

9 'Sairidh, an t Uan a dh'iodh-baireadh,
deir ſiad, air inbh' ro-àird!
'S airidh, oir b'e ar n iodh-bairt-ne!
coimh-fhreagradh daoin' gun chàird'.

10 'S airidh air geill 's air ceannſal Crioſt,
ann Neamh nan Neamh gu bràth:
Is àdh 's ro-mhò na dhfheadas daoin'
thoirt dhuit ſir-mheals' à Thriath.

11 Luchd-àiteachaidh nan Neamha ſhuas,
's a chruinne-chè a bhos,
Gu h aoin-ſgealach do Righ nan ſluagh
àrd-chanaibh cliu gun fhois!

12 An cruthach' iom-lan aontaicheadh,
thoirt geill is cliu do'n Triath
Shuidheas ann cathair Neamh' nan Neamh,
's do'n Uan ion-mholt' gu brath!

LAOIDH X.

MAT. vi. 9.—14.

1 A Thair's Aird-Righ gach uile bhith!
Adhuit's comhnuidh Neamh nan speir;
Gidheadh le d' Dhiadhachd ion-mholt'
thu 'n saoghal mòr gu leir. [lion
2 Sir-bheannaichear do naomh ainm mòr,
le d' theaghlach reasont' fein:
Do rioghachd ghràs-mhor àrdaichear;
's deàlradh do Ghlòir ann cein.

3 Urram 's buidheachas thugamaid
le an'maibh naisgte reut:
Air Neamh do thoil mar choimh-lionar
air talamh geillear dhuit.
4 Gach la le buidh'chas molamaid
'n làmh fhial a bheathaich sinn.
Ar lòn-saoghalt' deonaich a Dhe;
is foghnadh do thoil leinn',
5 Ar seachran peacach 's aithreach leinn';
O Athair maith dhuinn' e!

An

An tròcair nochdas ſin do chàch,
nochd dhuinn' a ſamhail, Dhe.
6 Air ſlighe d'an ceann-uidhe Neamh,
O ſtiuir gach ſluagh le d' reachd!
'S air caſan olc na feachain ghairbh,
chum dòghrainn na leig neach.

7 Oir rioghachd, cumhachd 's glòir ion-
is leat mar chòir a Thriath: [mholt',
O Shior-ruidheachd 's tu ſhealbhaichiad;
's dhuit buinidh iad gu bràth!

LAOIDH XI.

1 Cor. xiii.

1 GE d' chuireadh deas-chaint dhaoine
air impidh bhlaſt' mo bheil: [ſgeimh
Ni 's fearr na Aingel binn-bhriath'rach
ge d' aithriſinn mo ſgeal;
2 Aird-fhioſachd fàidh ge d' ſhealbhaichinn,
's lain-eòlas diamhaireachd:
Is faoin na tiodhlaicthe ſin-fein
as eagmhuis carthannachd.

3 Le creideamh trean ge d' iompoichinn,
ſeadh ſleibhte bun oiſ-ceann;
Is neimh-ni mi mur riaghlaich gradh
mo ghniomhartha gach am.

4 Le

4 Le m' mhaoin ge d' bheathaichinn an
ged' loisginn chum leas m'anm' [bochd;
Mo chorp, 's mi' m' mhairtireach gun seirc:
cho chliudhaich deagh-dhaoin' m'ainm.

5 'S fad-fhulangach, neamh-fharmadach,
's is caomh an gradh gach rè:
Ard-uaill as fein cho dean gu bràth,
is buirb' cho dual d'a ghne.

6 Cho taisbin gradh mi-ghiulan choidhch';
cho nochd fein-speis gu bràth:
Ach èuiridh dàil 'n a thairbhe fein
a mheadachadh leas chàich.

7 Cho toir gradh fois do dhroch-amh'rus;
ni foidhid re luchd-cluain;
'S fàth bròin leis iom-radh uilc is ciont':
's le aiteas firinn chluinn.

8 'S mòr creideamh 's fulangas a' ghràidh;
'ta sior-dhùil aig' re fòir
Fuilingidh gradh le macantachd,
ge d' chlaoidhear e gu mòr.

9 Sir-riaghlaichidh an teas ghradh buan
talamh is Neamh, gu bràth;
'N uair choisgear teanga's fios chd fàidh,
's gach tiodhlac' ach an gradh.

10 'S neimh-iom-lan tiodhlaicthe ann so;
ach 's fagus dhuinn' deagh linn,

'N

'N uair riaghlaicheas lain-iom-laineachd,
's a theicheas ſamhla uainn'.

11 Ann aois ar n òige gluaiſidh ſinn,
mar naoidhine gun iùl : [ſinn,
Chum foirfeachd ach 'n uair dh'fhàſas
theid leanbuidheachd air cùl.

12 Air talamh mar trìd duibh-neoil duirch,
is leir dhuinn' deàlra Dhe:
Ach gnùis re gnùis ann Neamh na Glòir',
gu ſoilleir chi ſinn e.

13 Comh-chomhnuidh ata 'nois fa'n ghrein,
ag dòchas, creideamh 's gradh ;
Ach creideamh 's dòchas criochnaichidh
is maridh ghràdh gu bràth.

14 Oir ſluigear dòchas le lain-ſheilbh,
is creideamh le beachd sùl :
So na meadhona, d'an crioch gradh,
lagh-ſior-ruidh Dhe nan dùl.

LAOIDH XII.

EABH. xii. 1.—13.

1 FEach, ſiadhnaiſe neamh-ſhaicſionach,
mu'r timcheall air gach laimh ;
Daoin' dearbht o ſhean le ſulangas,
ach ſona 'nois air neamh.

2 Air

2 Air loirg nan naomh-s' fior-ruidheama
chum Chroiſt, le foidhid bhuain :
Gach leath-trom 's peaca leanailteach
graidh-thilgeamaid fad uainn'.

3 Ach eſempler 's roi-fhearr na ſo,
's ion thoirt fai-dear air tùs :
Crioſt thrèoraicheas ann creideamh ſinn
's a chrùnas ſinn le duais.

4 Air ar Ceann feadhna dearcamaid,
neach air ghaol sòlais mhòir
Gun ghearan ghiulain croich, is naìr',
's a riaghlas 'nois ann Glòir.

5 Ma ghiulain e le foidhid mhòir,
gear-an-chaint pheacach truadh,
'N ion duinn' le anmaibh sàraichte,
bith gearan air ar truaidh'!

6 'N do chuir ſibh cath air feachain ghairbh,
mar Jos', gu fuil is bàs ?
Is focal De 'n do dhearmaid ſibh,
a gheallas ſaidh-bhreas gràis ?

7 A mhic, deir ſe, le foidhid mhòr
ſior-fhuiling mo throm ſmachd;
Is creid tràth dhearbhas amh-ghar thu,
gu gàbh do Dhia dhiot tlachd.

8 Mar ſo ſior-mhùinidh 'n t Athair caomh,
a naomh-chlann dhileas fein,

Le

Le docair chruaidh 's le fiosrachadh
an dòlais is na pein.

9 Chi sinn mar so, gur caomh leis sinn,
ma mhùinear sinn le smachd ; [dol,
'S mar shliochd dio-lan mur leig dhuinn'
air seachran cian o reachd.

10 'S tric dh'athairibh nan corpa so,
geill urramach thug sinn :
'S c'air son dh' Athair ar spiorada,
gu sior nach geillear leinn' ?

11 'S tric bhuaileas Athair talmhaidh chlann
chum lain-diol an-toil' chlaoin :
Ach chum ar leas 's ar sonais bhuain,
'ta smachd-shlat Neamh' ro-chaoin.

12 Ge dochunnach slat-achmhasain
is dòghrainneach fa'n ghrein :
Ma mhùineas i sinn, 's toradh dh'i,
sith, slàint' is saoirs' o phein.

13 Na meathadh 'nois an-dòchas sinn,
no mi-mhisneach ni 's mò :
Ach earbamaid sinn-fein re Dia,
's dh'a geilleamaid gach lo.

LAOIDH XIII.

Job i. 21.

1 LOm-nocht' mar dh'eirich sinn ar tì
o'n ùir chum beatha nuaidh,
Chum ùire pillidh sinn airìs,
is taisgear sinn san uaigh,
2 An sòlas luach-mhor mhealas sinn
air talamh mar ar maoin,
Is iasachd gairid diom-buan e,
a dhiolar leinn' re h ùin.

3 Ardaichidh Dia ar comh-fhurtachd,
no leagaidh ann san ùir :
Na thug e uaidh' bheir leis airìs,
àrd-mholar ainm gach uair !
4 'Nois sith gu raibh air diom, air buirb',
's air osna cheannaireach
Mu fhreasdal De, is tosd gu bràth
air do-bron gearanach.

5 Le tròcair chaoimh ma chrùnar sinn,
sgaoilear a chliu ann cein ; [uainn'
'S a bhreith neamh-chlaon bheir sòlas
àrd-mholar mar an ceadn'.

LAOIDH XIV.

JOIN xiv. 1.—5.

NA buaireadh ro-churam ar croidh',
no geilt mhio-dhòchaſach ;
Ach creidibh freaſdal De, is fòs,
mo thearmann carthannach.

2 Chum Phàrais m' Athar pillidh mis' :
ann, 's lion-mhor comhnuidh chaomh:
'S is deàlrach glòir nach traogh gu bràth,
air fad na Rioghachd naomh'.

3 Mur bitheadh Rioghachd neamhaidh ann,
dhuibh dh'inn'ſinn ſin o thùs ;
Cho mheall mi ſibh le dòchas baoth,
no muinghin fhaoin mu 'n chùis.

4 Anois reimh-thriallaidh mi, 'n ar n ainm
a ghabhail ſeilbh air Neamh ;
Is ann ſan Rioghachd ghealladh dhamh,
dhuibh dheaſach' àite tàimh.

5 Ach 'n-uas o Neamh aith-phillidh mi,
is bheir mi ſuas leam ſibh :
'N ſin coinn'chidh ſinn gun dealachadh,
's bith' mi gu ſior-ruidh leibh!

6 'Nois 's aithne dhuibh 'n taobh thriallas
an t ſlighe nochd mi dhuibh : [mi ;

Mo

Mo bhàs, mo theagaſg, 's m' eſemple
's iad threòraicheas chum Neamh'

LAOIDH XV.

JOIN xiv. 25.—29.

1 MO ghuth cho cluinn ſibh tuille 'nois
ghairm m' Athair mi chum Neamh'
O'n d'thig gun dàil an Comh-fhuirt-fhear
an ſpiorad gràs-mhor naomh'.

2 A'm' ainm-ſe cuiridh 'n t Athair e,
d'ar trèorachadh chum Neamh',
Dh'ath-chuimhneach' dhuibh gach firinn
a chual' ſibh uamſa riamh. [naomh'

3 Mo ſhith mar bheannachd dealachaidh
's mar dhilib gheibh ſibh 'n trà's':
'N deagh thiodhlac' thug mi 'n-uas o
dhuibh naiſgidh mile m' bhàs. [Neamh,

4 A reir droch-nòis an t ſaoghail chlaoin,
cho mheall mi ſibh gun cheiſt,
Is gealladh gun a choimh-lionadh
cho toir mi dhuibh am feaſd'.

5 'S fàth do-broin leibh, gu d' innſeadh
gu ſgarar miſe uaibh: [dhuibh,
Ach chualadh ſibh gu pill mi 'rìs,
is lionadh luath-ghair' ſibh.

6 Fior-

Fior-bhuideachas is teas-ghradh dhamh,
ma lasas ann ar croidh',
'S fath solais leibh gu dubhairt mi
chum m'Athar triallaidh mi.

LAOIDH XVI.

Isa. xl. 27.—31.

C'Air son a dhoirteas tu amach
do-bron gun dùil re h iochd;
Ceart mar nach d'thugadh Dia fai-dear
cùis duin' air bhith d'a shliochd?
Nach cuimhnich thu Jehobhah trean
a ghairm gach dùil gu bith?
Am fead an làmh a dhealbh gach gne
fàs meat' gu bràth no sgith?

Gear-chuis gun mhearachd, 's maith nach
shior-ghnàthaich an Dia caomh: [traogh,
A ghliocas ge nach faic do rosg,
no mhaitheas anns gach gniomh.

'S mòr fath ar misneich re am feim
fa cheannsal Dhe nam feart; [buaidh,
Do'n deagh-dhuin' làmh-lag bheir e
do'n mheat' 's cul-taic a neart.

Neart bàs-mhor shean-daoin' fàillichidh,
treis' òigridh seargaidh as:

Ach

Ach mothaichidh luchd-àdhraidh De
càil an anam' ag fàs.
6 Le còsaibh neimh-sgith siùbhlaidh siad
air slighe neamhaidh 'n leas:
Sior-fhàsaidh 'n ead mar thriallas iad,
is deàlr'aidh an deagh bheas.
7 Air sgiathaibh cràbhaidh eir'ghidh sia
mar iolair luath gun chàird';
Oisd-ceann an t saoghail dhuibh-nealaich
chum Dhe 's na Neamhaibh àrd.

LAOIDH XVII.

Isa. xlix. 13.—17.

1 A Neamha, togaibh luath-ghair' àrd
a thalamh, binn-cheòl seinn!
A shleibhte, canaibh coimh-sheirm ait;
's gach dùil air feadh gach linn!
2 Feachaibh, cia tròcaireach ar Dia!
comh-furtachd bheir d'a shluagh,
Ni iochd air amh-ghar, 's lain-shiabaidh
se tuilte bròin o'r gruaidh!
3 Sguiribh do chaoidh' le an'maibh buart',
air teachd do'n aimsir thruaidh:
Ceart mar nach d'thugadh Dia fai-dear
staid duine d'a naomh-shluagh.

4 Am

Am fead deagh-mhàthair ciochran maoth
a dhearmad le ain-iochd ?
Meafg mile fmuainteach' carthannach,
nach nochd i tlus d'a fliochd ?

Tlus màthaireil ge d' iompoichear
gu ain-iochd anns gach mnaoidh ;
Arfa Dia, Sion cuimhnichim
mar chusboir buan mo ghràidh.
Domhain air dearnaibh mo dha laimh,
a hainm-fi fgriobh mi fios :
A balla brùit' 's a bàbhun brift'
fuas togbhaidh mo làmh 'rìs.

LAOIDH XVIII.

JOB ix. 2—10.

1 MFead fiol-Adhaimh bith glan o chiont'
ann làthair Dhe gu beachd!
Ma chathaicheas e 'n ceartas r'inn'
grad-thuitidh finn f'a fmachd.
2 Gu gear-fhuileach ma dhearcas e,
air gniomh, air guth, 's air fmuain ;
Do mhile cionf' a dh'agras e,
an dealbh finn leith-fgeal haoin ?
3 Is glic a chroidh' 's is trean à làmh ;
's nach dream an-dàn an fluagh,

A thairngeas lann ann aghaidh Dhe
'n saoil iad gu toir iad buaidh?
4 Grad-mhothaichidh na sleibhte shea
is clisgidh as an ceal;
Air phostaibh luaisgidh 'n talamh tro
le gairbh-chrith 'nonn 's ann-'all!
5 Fa thoirmeasg cuiridh eirghe grein,
bheir grian d'a thoirmeasg geil:
Duibh-neala sgaoilidh se thar Neamh
is naisgidh suas gach reall. [gaoit
6 'S luath thriall air sgiathaibh stoirm
air borb-fhairg' spaistrichidh:
A chasan àrd co lorgaicheas,
no chois-ceim dorch' co chidh?

LAOIDH XIX.

Titus iii. 3.—9.

1 Aidmhichidh sinn le tuirse croidh'
roi-mhead ar cionta Dhe!
B'amaideach faoin ar n uile smuain,
's cho b'fhearr ar giulan gne.
2 Ach seinneadh m'anam cliu is gradh,
dh'ainm ion-mholt' Righ nan fluagh;
Nach d'leig dhamh ruidh gun teasairgin,
chum dòghrainn shior is truaidh'.

3 Cho

Cho d' fhaoradh finn le deagh-rùn an'm',
no deagh-obair ar làmh;
Ach fhaoradh finn le tuiltibh gràis,
dhoirt Mac De oirn o Neamh.
Sior-fhruthaidh dòchas muinghineach,
o chaoimh-iochd Dhe nam feart:
O dhòghrainn faoraidh thròcair finn,
's dh'inn' nighidh ciont droich-bheart.

'Ta 'n fpiorad dhoirteadh oir-n trid Jos',
ag compartach' caoimh-theas;
Agfadadh teas graidh neamhaidh croidh';
's ag glanadh fal mi-bheas.
Togbhar finn fireanaicht' le Chrioft,
chum beatha nuaidh o bhàs;
Seilbh fhior-ruidh gheibh finn ann an
ann làithair Dhe nan gràs. [Glòir,

Bith' luchd a' chreideimh mhuinghineich
lain-fhaidhbhir ann deagh ghniomh;
Oir dearbhar fir-chreideamh, amhàin,
le deagh-rùn ghniomhaich naomh'.

LAOIDH XX.

JOIN. iii. 14.—19.

MAr thog Maois am fàidh eabh ruid-
gu hàrd an nathair phràis', [heach,

Dh' amhairc is ſhlànaicheadh an ſluagh
o ghathaibh lot-mhor bàis.
2 O bhàs ma 's aill leibh tearmann grac
ſuas dearcaibh, ghlaodh am fàidh:
Ach ſlàint' 's ro-mhò bheir Crioſt do'n
dhearcas le creideamh 's gradh. [ſluagh
3 Spàrrta re croich, ſuas thogbhadh Crioſ
dh'àird-riaghlas 'nois air Neamh:
Dearc air, 's cho lot an t ſean-nathair
thu choidhch' le gath no nimh.
4 Chuir Dia o thiom-chroidh' is o ghradh
d'ar n ionſuigh' Mac nam buadh;
A ghiulan ciont' an-trom ar bead;
's d'ar ſaoradh o ſhior-thruaidh'.
5 Cho d' thuirling Aon-mhach ſior-ruidh D
a dhaoradh chlann nan daoin';
Ach chum gu cluint' guth ait na ſlàint
o bheal, am briathraibh caoin.
6 Le creideamh ſlàinteil cluinnibhſe
guth Chrioſt, a luchd mi-bheas;
Guth bheir dhuibh logha ciont' is ſitl
's a ſtiuireas chum ar leas.
7 Ach dian-ruagaidh ceirt-dioghaltas
luchd ceannairc anns gach càs,
Feadh ni iad di-meas air Mac De,
is tàir air tairgs' a ghràis.

LAOID

LAOIDH XXI.

ROMH. iii. 19.—22.

AGniomharthaibh an làmha fein
is diomhaoin earbfa dhaoin';
O chroidhe neamh-ghlan droch-mhunta
cho fruth ach mi-ghniomh claon.
Tofd air Judhuidheach 's Geintileach,
gun ghearan uath' gu bràth,
Is feafmhadh uile ghineal dhaoin',
ciontach ann làth'r an Triath.

Deagh-mhuinghin gràis na fireantachd
na fteidhich air an reachd:
An lagh a nochdas ciont' luchd-uilc,
leis daorar iad gu beachd.
Jofa, cia luach-mhor dhuinn' do ghràs,
tràth dh'earbas finn as t ainm!
Oir gheibh ar creideamh fireantachd
chum logha ciont' an an'm'.

LAOIDH XXII.

ROMH. vi. 1. 2. 6.

ADhe! am meadaich finn ar ciont'
do bhrigh mòr-phailteis t iochd?

No 'n ceas sinn ath-bhuailt' Triath nan
'san sàth sleagh 'ris 'na chreachd? [fear
2 Nar leigeadh Dia! gu smuaintich, no
gu 'n abair sinn am feasd';
Gu togbhar leinn' airìs o'n uaigh,
ar peacaidh adhlaict' cheast'!

3 Seadh, 'nois cho tràille sinn ni 's mò,
O shaor ar Tighearn' sinn;
Spàrr e r'a chroich ar n ain-tighearn',
is cheannaich saoirsé dhuinn'.

LAOIDH XXIII.

ROMH. ii. 4. 5.

1 A Dhaoidh! an dean thu fanoid bhaot
air gràs fad-fhoidhideach?
Le mire cuthaich 'n dean thu tàir
air Dia lan-chumhachdach?

2 Re t iompochadh do bhrigh gu feith
fad fhoidhid 's tiom-chroidh' chaoi
Am breab thu saidh-bhreas iochd nac
's am meadaich seachran claon? [traog

3 A dhaill! nach aithne dhuit, gur i
rùn maitheis Righ nan sluagh,
T fhior-aithreachas a bhrosdachadh,
's a mhaothach' t aigne chruaidh?

4 Trà

Trath thaisgeas tusa tuille feirge,
'm beag leat lain-fhearg do Thriath?
Ann uair nach traogh an t sior-ruidheachd
an t ionmhas sin gu brath.

Is obann thig la dioghaltais,
a naisgeas binne sluaigh, [thromach,
'S a dh'fhoillsicheas breith chomh-
le greadhnachas is buaidh. [cheadh,
Grad-mhosgladh, leaghadh, 's tiomai-
-an smuain-s' ar croidhe cruaidh;
'Nois gabh'maid mar Righ-tearmainn
d'ar dion ann sin o thruaidh'. [Criost,

LAOIDH XXIV.

JOB. viii. 11.—22.

1 GUn làthach am fàs luachair ghlas?
'm fàs siolastair gun fruth? [siad;
Ur-ghlas neimh-ghearrt' graid-sheargaidh
's ceirt-ionann daoidh ann cruth.
2 Sgathar is millear dòchas baoth
an fhuar-chràbhaich; mar lion
An damhan-allaidh ghraid-gheilleas,
do laimhseachadh ro-fhaoin.

3 Tràth leigeas e à thaic r'a thigh,
aomaidh gach cloch is crann;

'S luath ghreamaicheas eris, ach 's luaithe theid fhàrdoch bun oif-ceann.

4 Re grein 'n a ghàradh fein ge d'fhàs
a gheagadh doſrach ùr;
Ge d'ſgaoil e fhreamhach domhain teann
doi-ſpionta as an ùir:

5 Gidheadhair teachd d'a bhinn' o Neamh
ſpionar a fhreamh a bun;
Is cho ghabh oighreachd ris mar Thriath
a ſhealbhaich riamh am fonn.

6 Feach, gàirdeachas droch-dhaoin', a r
tailceas airt ceart-lagh Neamh';
Grad-thuitidh ſiad, 's nan ionad-ſan
graid-eirghidh daoine ſeimh,

7 Ach cuiridh Dia chum leas deagh-dhaoin'
a chumhachd mhòr ann gniomh:
Lionaidh ſe 'n croidh' le gairdeachas,
's am beal le binn-cheol naomh'.

LAOIDH XXV.

LUC. XV. 13.—25.

1 FEachaibh, le miſg' 's neimh-ghean
mnaidheachd
an geòcach ſtruidh a mhaoin,
Ag iarraidh deirce meaſg nam muc,
do phlaoſgaibh falamh faoin.

2 Ghlaodh

Ghlaodh ſe, ge d' bhàſaichims' le gort,
am fearann coigreach cein, [chaoimh
Gheibh tràill ann teaghlach m'Athar
na dh'iarras inntin fein.

3 'Nois pillidh, tuitidh, 's guilidh mi,
ann làthair m'Athar chaoimh:
Och ciontach truadh! cho 'n airidh mi
aith t iochd-ſa no iochd Neamh'.

4 Ag ràdh ſo, ghreaſadh dh'a thigh leis,
's iochd athaireil d'a dhith;
Ann cein tràth chonnairc Athair e,
ghrad-mhaothaich tlus a chroidh':

5 Ghrad-ruidh 'n a chomh-dhail, chrom, is
e pòg na fàilt' d'a mhac; [thug
Is b'aithreach leis an ſtruidh-fhear thruadh
gu d'theich e riamh o ſmachd.

6 'Mach thugaibh ars' an t Athair ait,
a' chulaidh thoghta dh'a;
'Nois thugar urram 's nochdar iochd,
do'n iompoichte, gach la.

7 Mo mharbh-mhac cailte fhuaradh beo,
an diugh; is uim-e-ſin,
'S la feil' an la-s'; is canamaid
gu ſubhach caith-reim bhinn.

LAOIDH XXVI.

MAT. xi. 25. gu crich.

1 BUidheachas follasach thug Crioſt,
d'a Athair fein, ag ràdh: [feart,
Sir-bheannaicht' gu raibh Triath nam
o linn gu linn gu bràth;
2 A cheil air daoinibh crionna glic
deirbh-fhirinn ſhlàinteil Neamh';
Gidheadh, a nochd gu ſoilleir i,
do leanbaibh macant' ſeimh.

3 'Si ſo do dheagh-thoil-s' Athair chaoimh!
's do naoimh-reachd ſeaſmhach buan;
Na iarradh aingle naomh' no daoin'
lain-fhios an àdhbhair uainn'.
4 Dh'eid m' Athair mis' le uile-neart;
oir 's taitneach leis mo ghne:
A ghne-s' cho'n iùl do neach ach dhamhs',
's do'n dream d'an nochd mi e.

5 O, an'ma 'ta le uallach trom
na cionl' 's an eagail ſgith;
Creidibh, 's ar n uallach leagaibh orms',
is gheibh ſibh fois is ſith.
6 Le muineal lùbt', gu h inntineach
mo chuing-ſe giulanaibh;

Do

Do m' cheannsalgeillibh is do m' reachd,
's mo dhòigh sior-shoghlomaibh.

Fonn macant' umhal soghlomaibh,
o ghiulan seimh ar Triath;
Is gheibh ar n an'ma sàraichte
tàmh, fois is sith gu bràth.
'S ea-trom soi-ghiulan cuing mo reachd,
a shaoras daoidh o phein,
A laghdaicheas gach uallach trom,
's cho'n eire choidhch' i fein.

LAOIDH XXVII.

Isa. lv.

O! Dhaoine tart-mhor, thigibh chum
sruith phailt' sior-shonais mhòir;
An-nasgaidh gheibh am bochd a dhiol,
gun airgead is gun òr.
C'air son a gheallas sibh mòr luach
air nithibh saoin gun seagh?
'S a struidheas sibh ar n ùin gu baoth,
mu ni nach diong ar dragh?

Gu deonach claonaibh reums' ar cluas,
is mealar sòlas leibh:
'S beathaicht' le teagasg sior mo bheil,
'slòn buan duibh suaimhneas Neamh'.

4 Cluinnibh, is mairibh beo gu bràth!
ath-nuadhaichear le m' iochd,
A' mhuinghin rinn croidh' Dhaibhidh ai
ann cunnra r'ibh gu beachd.

5 Mar m'fhiadhnais, roighnich's thogh mi
mar cheann-ard trean mo ſhluaigh:
Is gairmidh ſe gach fineach cian,
's 'n a chreideamh bheir iad buaidh

6 Feach, criocha cian bu ghraineil beas
is do nach b'aithne thu, [ghairm
Ard-Fhàidh! graid-fhreagraidh ſiad d
's do m' ainm-ſe ſeinnidh cliu.

7 Sir-iarraibh Dia, am feadh 'ta chluas
lan-fhoſgailte d'ar glaodh;
Sleachdaibh ag ſtòl a chos, am feadh,
's dlùth tairgs' a ghràis nach traogh

8 'Nois glacadh aithreachas luchd-uilc;
is ſguireadh daoidh do lochd: [ia
'S air pilleadh dhoibh grad-choinn' chea
le Dia ag tairgſeadh iochd.

9 Dia loghaidh ciont', o ghradh nach traogh
oir, cluinnibh guth ar Triath:
Cho'n ionann natur dhamh is dhuibh
's cho'n ionann dòigh gu bràth.

10 Mar 's an-àrd ſpeire deàlrach Neamh
oif-ceann a' chruinne-chè;

'S comh-àrd mo ghne, mo ſmuain 's mo
oiſ-ceann ar ſmuain 's ar gne. [dhoigh,

11 'N-uas ſilidh fraſadh ſneachd is uiſg',
's cho phill airìs chum Nèamh';
An talamh gus an taiſlich iad,
a ghiulan lòin a threabh.

12 Mar ſo cho ſruth aon fhocal uàms',
nach d'theid ann an deagh-bhuil;
Oir coimh-fhreagraidh gach dùil mo
is bheir iad geill do m'thoil. [ghairm,

13 'N ſin ſtiuirear dùthaich iompoichte,
le aimhneas is le fòis:
Is ſaoilidh neach gu ſeinn gach ſliabh,
's gu buail gach craobh a bos'.

14 Ann ionad droighneich agus dreas,
thig mirtil 's giumhus 'n-ios:
Mar ſo ſior-mhairidh; 's bheir gach dùil,
ſir-chliu do Dhia gun ſgios.

LAOIDH XXVIII.

Isa. ii. 2,—6.

1 SUas eirghidh s ann linn dheireannaich
naoimh-theampull Dhe nan dùl,
Oiſ-ceann nam beann 's nan ſliabh, an-
fàth iongantais nan sùl. [àrd

2 D'a ionſugh' triallaidh 's cruinnichidh,
gach ſineach ait 's gach treabh ;
Ag ràdh s gach ait', ſuas greaſamaid,
gu teampull Aird-righ Neamh'.

3 Teagaiſgidh ſe fhior-chaſan duinn',
's ann ſiùbhlaidh ſinn gun phein :
O Shàlem is o Shion àrd
triallaidh a reachd ann cein.

4 Meaſg ſineach 's eilean iomarcach,
àrd-ſhuidhidh ſe gu breith :
Crioſlaicht' le gliocas, iochd is neart,
chum binn' gach dùil' fa leith.

5 Le conſpoid is le ain-iochd borb,
cho bhuaidhrear linn nan gràs;
Gu ſpeal is coltar iompoichear,
gach cloidheamh 's gear-ghath bàis.

6 'N ſin fluagh cho chaſgair fluagh le arm,
s an àr-fhaithch' cho bhi caoidh' :
A'ghall-trump cho ſeinn fluagh-ghairm, 's
ch'on fhoghlom cath no cloidh. [neach

7 O, ſhiol-Jacob, cruinnicheamaid,
le an'maibh 's làmhaibh naiſgt' ;
S ann ſoillſe Neamh' ſir-thriallamaid,
ann truſgan deàlrach paiſgt'.

LAOIDH XXIX.

Isa. xxvi. 1.—6.

CIA oirdheirc urramach an t àit',
ann ſeas luchd-àdhraidh Dhe;
Sion, mor-uaill nan eabhruidheach,
is mais' a' chruinne-chè!
Ard-bhàbhun a' ghràis chumhachdaich,
is dion d'ar cathair threin:
Balla le clochaibh tearmainn togt',
bheir dùbh-'lan ifrinn fein.

A dhoirſe ſior-ruidh foſgailibh!
gu h ealamh fairſing reidh!
Is rachaibhſe ſteach fhineacha,
bheir geill do naoimh reachd De.
Ann ſo gun choimh-meaſg mealaidh ſibh,
ſith ſhòlaſach, gu bràth:
Sibhs' leis an ionmhuin àrd-ainm JAH,
's a dh'earbas as an Triath.

Earbaibh a Dia, ſir earbaibh as,
gach eagal fògraibh uaibh;
Mar 's bioth-bhuan e, 's mòr buan a neart,
thoirt ſaoirs' is tearmainn duibh.
Ge daingean bàbhun ceannairceach,
bheir deas-lamh De air buaidh:

Is leagaidh se an ceann-uallach,
coimh-isiol ris an uaigh.

7 Air Bàbiloin bhuirb saltraidh sinn,
gu h ait le caith-reim búaidh ;
A tuighneach 's ùrlar spaisdeorachd
do dheòraibh bochd an t sluaigh.

LAOIDH XXX.

1 JOIN iii. 1.—4.

1 FEachaibh, àird'iongantach a' ghràid
anochd an t Athair dhuinn', [dhaoi
Dhuinn', gineal chiontach dhroch-mhui
tràth dh' uchd-mhacaich e sinn!
2 Folaichte fòs 'ta 'n urram-sa.
o'n t saoghal dhorch' gun iùl :
Mar so, cho b'leir do'n t saoghal teach
Mic shior-ruidh Righ nan dùl.
3 'S àrd-urramach ar staid fa'n ghrein :
ach àrdaichear sinn fòs :
Do rosgaibh bàs-mhor ge nach leir,
ar n inbh' s na Neamhaibh shuas.
4 Ach 's leir dhuinn' so, air teachd d
nach leir anois do'n t sluagh, [Chrios
Lain-sgeadaicht' le Glòir Athar fein,
a mhosgladh mharbh o'n uaigh ;

5

5 S an la sin iompoicht' gu bith sinn
chum iomhaigh ghlòr-mhoir Jos';
Oir gnùis re aghaidh chi sinn e,
le iongantas gun sgios.
6 Is dual do dhùil choimh-neamhaidh mhòr,
bith fulangach s gach càs;
Gach mi-bheas fhògradh as à' chroidh',
's bith naomh' mar Dhia nan gràs.

LAOIDH XXXI.

HAB. iii. 17. 18.

1 GHoidhch' ge nach tilg crann sige blàth,
ge d' dhiùltas sion-chrann bladh:
Ge d' chaillear saothair a' chrainn òl',
is toradh trom a' mhaigh.
2 O'n mhainnir ge do sgarar tread,
gu h obann 's gun dùil ris;
Graigh ge nach fàg a' ghort air lòn,
no buar air buailidh, 'ris;
3 Gidheadh nim gàirdeachas ann Dia,
is earbam as a ghradh:
Nim aimhneas ann san Triath, oir 's e
mo thearmann trean gach la.
4 'S e Dia Jehobhah ionmhas m'an'm';
m'aimhneas nach traogh am feasd':

Seadh

Seadh, cho bhac amh-ghar m'aimhneas
's cho chriochnaich bàs, gun cheiſt. [mòr.

LAOIDH XXXII.

2 Tim. i. 12.

1 CHo'n àdhbhar nàire leamſa Crioſt,
tagram a chùis gun cheiſt;
Is Glòir a cheaſaidh tagrar leam,
's geillear d'a reachd am feaſd'.

2 Joſa, mo Dhia! is iùl damh ainm,
is earbam as gach tràth;
Cho nàirich e-ſin m'anam truadh,
's cho mheall mo dhùil gu bràth:

3 Sir-ſheaſmhach mar a Chathair-righ,
'ta gealla fior an Triath;
'S is tearaint' m'anam dh'earb mi ris,
'n a làmhaibh gu la-bhràth.

4 S an la ſin fàiltichidh ſe m'ainm,
ann làthair Athar fein;
Is ann an Nuaidh-Jeruſalem,
bheir ſeilbh dhamh mar an ceadn'.

LAOIDH XXXIII.

2 Tim. iv. 6, 7, 8, agus 18.

Mo chath 's mo choimh-ling' chrioch-naich mi
is dlùth dhamh bàs is uaigh.
Ach m'anam choisrig mi do Dhia,
triallaidh chum Neamh' le buaidh.
Le armaibh neamhaidh chathaich mi,
fa bhrataich Aird-Righ Neamh';
Mo choimh-ling ruidh, mo dhilseachd dhearbh,
's mo luigheachd shior-ruidh gheibh.

Dhamh thaisg am breitheamh ceart, air Neamh
crùn Glòir' nach searg am feasd';
A chuireas a làmh chaomh mu m' cheann,
ann la na breith gun cheist.
Mo Righ cho d' orduich dhamhs' amhain,
a choroin so mar dhuais;
Ach do gach neach le'n ionmhuin teachd,
a Mhic o Neamh an-uas.

Mo chos o sheachran dionaidh Criost,
's o bhead mo chroidh' 's mo làmh:
'S gu tearaint' m'anam trèoraichidh,
gu rioghachd ghlòr-mhoir Neamh'.

6 Bheir

6 Bheir mi le congnamh trean mo Thriat
lan-dùbh-'lan ifrinn fein ;
Is dho-ſan gu raibh Glòir an-àrd,
is cliu gun chlos. Ainen.

LAOIDH XXXIV.

EABH. xiii. 20, 21.

1 A Thair na ſith, 's a Dhe na ſeirc
's ion-mholt' do neart r'a luadh
A ſgaoil gun ſbàirn ar n Aodhair' caomh
o chuibhreich theann na h uaigh'.
2 A làmhaibh glaſta rag a' bhàis,
ſpion thu do ſheircin caomh ;
'S daingnicht' le fhuil 's le ais-eirghe
do ſheas ſior-chunnra naomh'.
3 Le d' Spiorad naiſg ar n an'ma Dhe,
's dean umhal iad do d' thoil ; (ſinn
Chum as o d' naoimh-reachd nach bit
air ſeachran truadh ag dol.
4 O! ſgriobh do naoimh-reachd air ar croidh
is deàlr'adh e 'n ar gniomh ;
Is rigidh ſinn fa cheannſal Chrioſt,
air ſeilbh ann rioghachd Neamh'.

LAOIDH XXXV.

ROMH. viii. 31. gu crich.

AR n anam eirgheadh 'nois chum Neamh'
os eagal ciont' is truaidh':
'S e Dia ar tearmann càirdeil trean;
cia 'n t eas-car' bheir oirn buaidh?
'N ti air ar son thug Mac a ghràidh,
mar chobhartach do'n bhàs,
An diùlt e tiodhlac' 's lugha dhuinn'
a dh' earbas as a ghràs.

'S e Crioſt geall-barantais graidh Neamh'
a naiſg gach ſonas mòr;
Gach ſith is gràs air talamh 'bhos,
's àdh bioth-bhuan ſhuas ann Glòir!
Cia 'nois a chuireas ciont' as leith
ſluaigh thoghta Dhe nan gràs?
Cia dhaoras iad, oir ſhaoradh iad,
o dh' fhuiling Crioſt am bàs?

Bhàſaich is dh' adhlaiceadh ar Triath,
ach dh' eirich 'rìs le buaidh;
'S tagraidh ar cùis gu cumhachdach,
air deas-laimh Righ nan ſluagh.
Cia ſgaras ſinn o chaidreabh Chrioſt,
's o ghradh nach traogh gu bràth?

No

No ſgaoileas choidhch' a chuibreac
a naiſgeas ſinn r'ar Triath? [naomh

7 Ge d'bhagras dragh is duibhre dorch'
's ge d'bheacas gabhadh cruaidh;
Trìd Chrioſt bheir ſinn gu dùbh-'lanach
orr' uile tuille 's buaidh

8 Beath a no bàs, ifrionn no neamh,
no ceannſal millteach ùin,
Cho'n fhògair ſinn o chroidh' ar Triath
's cho phill a chaomh-ghradh uainn'

9 Beannaichidh 'n linn-s' an linn chaidh
's an linn rè teachd an linn-s': [ſeach
O ſhior-ruidheachd gu ſior-ruidheachd
is togh' le'r Tighearn' ſinn.

LAOIDH XXXVI.

SEAN. viii. 1, 22.—36.

1 NGlaodh eagnadh Neamh' gu h
àrd-ghuthach,
's nach cluinn gach ſluagh a fuaim?
Fuaim focail an De ſhior-ruidh mhòir,
nach airidh leibh air ſuim? [De,

2 Primh-ſheircin's Aon-Mhac ſior-ruidh
bu mhi o chian nan cian:

Mu

Mu 'n d'eirich dùil air iarrtas De
gu bith, bha miſe ann,
Roimh aer, is nealadh ſeachranach,
's mu 'n raibh an cruinne-cè;
Is roimh gach magh, is tuil air bith,
bha mis' air deas-laimh De.
Tràth thog Dia Neamh, gu ſnas-mhor àrd,
bha mis' ann ſin gu beachd;
Ag riagh'ladh eirghe 's luidheadh grein,
's ag cur gach reall fa reachd.

Tràth thomhais Dia an grinneal mòr,
's a dhoirt e mòr-chuan ann;
Do thonnaibh borb dol thar an crich,
'n ſin thoirmiſg mi gu teann. [aicht',
Tràth chrochadh 'n talamh comh-throm-
s an uidhe fhairſing fhaoin,
Dhearc mis' ann ſin le sòlás mòr,
air ionad-comhnuidh dhaoin'.

Dhealbh ſmuain mochroidh' o ſhior-ruidh-
lain-tearmann dhaoin' o ghàbh'; [achd
Roimh chiont' air bith, 's air iarrtas De
o'n ùir mu 'n d' eirich Adh'mh.
Re m' theaſg eiſdibh, uim-e-ſin,
a chlann, le gear-chuis croidh';
Is ſona 'n ti bheir geill do m' lagh;
ach toillidh mi-gheill cloidh'.

9 Is

9 Is mis' a ni an tiùl chum Neamh',
'S bheir duais nach meath gu bràth!
Bheir beatha do m' luchd leanmhuis
is gràsa buan o'n Triath. [caom
10 Is naimhde mòr dhoibh-fein air chint
dream dhiùltas geill do m' reachd
'S drong bheir fior-fhuath do m' theagasg
chum ifrinn theid gu beachd. [fa

LAOIDH XXXVII.

GEN. i.

1 O Neimh-ni eirgheadh domhan mòr
ars' Cruthai-fhear nan dùl:
Ghraid eirich talamh's Neamh na Glòir'
air iarrtas-san gu h umh'l.
2 Bu dorch' an t aigein, dh'fholaich tuil
an cruinne-cè gu leir:
Ghairm e gu bith an solus iuil;
las an cead la d'a reir.
3 Dh' aith'n e do'n cheo dol suas chun
ghrad-thog an ceo gun chàird', [Neamh'
Torrach le ionmhas uisg', a shnàmh
air feadh nan speir gu h àrd. [fhonn
4 Dh' aith'n e do'n fhairg' a dh'iadh mu 'n
grad-chruinneach' chum aon-ait':
Chomh

Chomh-rol an fhairge tonn air thonn,
is feach, an talamh tràight'.

An cruinne lom-nocht' sgeadaich e,
le treabhaibh luis-bheo grinn,
Roimh shileadh fhrasa Neamh' air gne;
suil ghàradh fonn le grein.
Ann sin sgeadaich e an t aer àrd;
seach, dhealbhadh 's las a' ghrian:
'Rìs chumadh gealach 's reall' gun chaird',
a thomhas mios is bliadh'n.

Dealbh Dia Jehobhah le ghuth trean,
beo-dhùile grinn do'n uisg';
Uil'-ealta snas-mhor sgiathach ean,
is fòs gach gineal eisg. [cheil'
Do'n leòmhan bhorb 's do'n chnuimh le
bith iongantach thug e;
'S lan iongnaidh, beathaich' eagsamhail
bhrùchd as a' chruinne-chè.

Triath uil' oibre s a' chruinne-chè,
fa dheireadh dhealbhadh Adh'mh:
Bheannaicheadh anam le dreach Dhe,
's bu chrùn d'a cheann gloir Neamh',
O Glòr-mhor-mar so ann sealladh Dhe,
'n t òg chruthach' àluin sheas:
'N-uas dhearc Jehobhah air gach gne,
's dubhairt gu b'shàr-mhaith deas.

LAOIDH XXXVIII.

Taisb. xxi. 1.—9.

1 NAch glòr-mhor mòr an ſealladh
do radharc creideimh dhaoin!
Am fonn s an fharg' ag dol nan ſmàl,
's na ſpeire ſean mar-aon.

2 O Neamh thig Nuaidh-Jeruſalem,
d'a Triath lan-ullmhaichte
Feach, 'nois gach ni ath-nuadhaichte
is Phàras aiſigte.

3 Cliu ſeinnidh aingle coimheadachd,
's armailte deàlrach Neamh',
Dhaoin'! faicibh chathair choiſrigte
an tùirling Righ nan naomh.

4 Dh'atharraich Dia, chum dhaoin' an-ua
a phubull naomhtha fein: [ſhluag
Meaſg dhaoin' 'ta chomhnuidh'; 's iad
's d'a ſhluagh 's e 'n tearmann trea

5 Dear do broin ſiabaidh ſe le laimh
gu càirdeil, bharr an gruaidh;
Is eagaidh eagal, caoidh' is pein,
is amh-ghar bas is uaigh.

6 Feach, gach ni ſaoghalt' muthaidh mi
ſo deir an Dia ſir-bheo:

An Domhan as an amharc theid,
is cho ruidh uin ni 's mò.

'S mi 'n cead neach 's an neach deir-
gun atharrach' gu brath! [eanach
'Ta mi, 's e m'ainm 's mo chuimhnea-
gach aimsir is gach tràth. [chan,
Do'n deagh-dhuin' bheir mo ghràsa saor,
ni maith, gun luach gun dragh:
O! dhuine thart-mhoir òl do dhiol,
do shruth na slainte' nach traogh.

Re naomh bheir buaidh air ionsuigh' uile,
mar chaomh-mhac gabham fein;
An saoghal 's leis mar dhuais na buaidh'
a chosnadh leis gu trean. [gaire,
An sluagh neimh-gheanmnaidh 's brea-
's luchd-muirt a dhealbhas bàs;
Is prasgan fanoideach gun seirc,
a bhreabas tairgse gràis;

As m' fhiadhnais togbhar 's tilgear iad,
cuibhricht' le langar cruaidh.
Am boilsgean fairg' na dearg-lasair,
le 'n cloidhear iad gu truadh.
Air deis a' bhreitheamh guidhim bith
tràth theicheas fonn is cuan!
Is e ga m' fhailteachadh air m'ainm,
's ga m' bheannachadh gu buan!

13 Cia fhad uainn' 'nois la breitheamhnai
a Thighearna, cia fhad!
O! ruidheadh aimsir seach gu luath,
is tarladh e gu grad!

LAOIDH XXXIX.

JOB. iii. 17.—20.

1 CIa sàmhach tosdach an leab' uaig
a ghabhail tàimh is fois!
Theid crioch air dragh luchd-aing'eacl
's gheibh daoine sgith int' clos.

2 Cho chaoidh am prios'nach (saort' ann si
ann gheibhlibh teann na cloidh':
Cho dochainn smachd an droich-righ bhuir
's is balbh guth millt-fhir dhaoidh.

3 'Ta tràill is Tighearn', beag is mòr,
coimh-shint' ann sin le cheil':
'Ta naimhde mòr int' taobh re taoib
gun dùbh-'lan borb nam beal.

LAOIDH XL.

1 PET. i. 3.—5.

1 BEannaicht' gu raibh an Dia sir-bhe
caomh-athair Chriosd ar Triath

Sion-mholt' a thròcair phailt' nach traogh,
's a mhòrdhachd naomh' gu bràth.
O'n uaigh tràth ghairm e aon-mhac caomh
's airìs chum Neamha suas,
D'ar nan' maibh thug lan-dòchas dearbh,
nach blais iad choidhch' am bàs.

3 Ciod e ge d' thoill ar peaca croidh'
gu tuit ar feòil 'n a smùr;
Gidheadh mar dh'eirich Crioſt o'n uaigh,
'rìs eirghidh sinn o'n ùir.
4 Air choimhead chum na h ais-eirghe
'tà oighreachd mhòr nan naomh,
Neamh-thruaillt', gun sal, 's cian-mhair-
theannach
r'a mealtain choidhch' air Neamh.
5 'S tearaint' fa cheannsal Chrioſt gach
gu teachd an t sonais mhòir: [naomh
Le creideamh 'n so, ma ghluaisear leinn',
suas gairmear sinn gu Glòir.

LAOIDH XLI. 1 Cor. xv. 52. gu crich.

1 LE suaim na gall truimp dheirannaich
criothnaichidh 'm fonn gu garbh,
Fosglaidh gach uaigh is brùchdaidh 'n-ios,
chum beatha cuirp nam marbh.

2 Feach, eirighidh cuirp nan ſaoidh ann ſin
gun truaille no mi-ſgeimh:
Iad bàs-mhor thuit, ach eirghidh chum
neamh-bhàs-mhorachd air Neamh.

3 Feach fàiſt'neachd fhior nam faidhe
lanchoimh-liontafadheòidh; [naomh'.
Do cheannſal beatha gu geill bàs'
's gu bràth nach tog arm-cloidh'.

4 Suas togbhadh creideamh luath-ghair
is canadh e an laoidh-s': [ait
C'ait 'nois a'm bhuil do ghath a bhàis
c' ait' uaigh a'm bhuil do bhuaidh-s'

5 'S i chogus chiontach, fhein-reabach,
ſleagh chorranach a' bhàis:
A ſhàthar le lagh Dhe gu teann,
ann croidhe luchd mio-ghràis.

6 Ach beannaicht' gu raibh Dia gu bràth
a dhio-armaich ar namh'.; [bhaſach
'S bheir buaidh dhuinn' air bàs uàth
trìd Chrioſt ar ceann-ard caomh.

7 'Nois uim-e-ſin ſior-ſhaothraichibh,
ag cur lagh' Dhe ann gniomh;
'S bheir Joſa luach ar ſaothair dhuibh
neamh-bhàs-mhorachd air Neamh.

LAOIDH XLII.

2 Cor. v. 1.—11.

GRad-thuitidh an corp talmhaidh so
'n a ſmùr, le buille bhàis:
Ach gheibh ar nanam comhnuidh 's fearr,
air Neamh, o Dhia nan gràs. [ghrinn,
2 Gheibh anam ſior-ghlan comhnuidh
tigh ſior-ruidh togt' le Dia;
Tràth thuiteas balla phrioſoin ſo,
a's gainn-tir cumhain d'a.

3 Lain-ſgith do'n eire thalmhaidh ſo,
's tric thairngear oſna leinn';
Ach ſaoraidh bàs ar n an'ma uaith',
's bheir Dia leis dh'a thigh ſinn.
4 Feach, lom-nocht' choidhch' cho b'aill
leinn' bith,
air teicheadh dhuinn o'n chorp-s':
Ach càil nach baſaich thoirt do chruth
a's oirdheirce na 'n corp-s'.

5 Is i ſo muinghin luchd deagh bheas,
a fhuair iad o Dhia caomh:
'S mar àirlis ſeilbh' ann rioghachd Neamh',
dhoibh thug e 'n Spiorad Naomh'.

6 Thig creideamh beo air gealla Dhe,
's-ann triallaidh sinn gu rath:
Ach, feadhis comhnuidh dhuinn' an corp,
's fad leinn' gu teachd ar Triath.

7 Na 's ait le creidheamh chreidsin, 's fad,
's ro-fhad, leinn' uainn' an teachd:
Air imirc b'ait leinn' dol o'n fheòil;
's bith leats' a Thriath! gu beachd.

8 Ach ann sa' chorp, no as a' chorp,
's i crioch ar guth 's ar gniomh,
Ar n ùin a chaithear 'n obair Chriosd,
a chriochnach' 'n a ghradh caomh.

9 Chum cathair-breitheamhnais Mic De,
oir, cruinnichidh gach neach,
'N sin dh'fhaghail pein no tuarasdail,
o làmhaibh comh-thromach.

10 'N sin, breith neamh-chlaon 's neamh-chaochladhach
gheibh giùlan maith is saith:
'S bithidh ar sior-ruidheach mar thoill
ar gniomhar', olc no maith.

LAOIDH XLIII. Taisb. vii. 13—17.

1 NAch deàlrach Glòir nan an'man ùd!
cia thug dhoibh 'n trusgan grinn?
Cia

Cia dh'àrdaich iad chum comhnuidh ſoills'
a dheàlras feadh gach linn?
Feach! sùd an dream, o fheachain ghairbh,
a dh' eirich chum maith bhuain;
'S ghealaich an truſgan ann am fuil,
fuil ioc-ſhlaimteach an Uain.

3 'Nois ſleachdaidh ſiad le glùnaibh lùbt',
am fiadhnais cathair Dhe;
'S le an'maibh cràbhach molaidh ſiad
a mhòrdhachd, feadh gach rè.

4 Ni fiadhnais De gach anam ait;
gleaſaidh gach beal gu feinn: [tràth
Ath-chanaidh 'n teampull naomh' gach
gach Ard-Hoſanna bhinn.

5 Cho dochain tart no ocras chaoidhch',
no boilſge loiſgeach grein:
'S e Dia ar grian, 's o dheàlra caomh
ſgaoilidh ſior-la ann cein. [fein

6 Saodaichidh 'n t Uan a naoimh-threud
gu tobar ſlaint' nach traigh;
'S gu càirdeil ſiabaidh bhàrr an gruaidh,
dear do-broin agus truaidh'.

LAOIDH XLIV.

GEN. xxviii. 20, 21, 22.

1 DHe bhethel, led' laimh thoir-bhear [taicl
's tu bheathaich t Isr'el fein!
'S ar sins'reachd trìd an oil'-thire,
's tu threòraich mar an ceadn'.

2 Ar mòide umhal bheir sinn dhuit;
is àdhradh mar an ceadn':
Lain-earbaidh sinn gu muinghineach
re d'fhreasdal caomh sinn-fein.

3 Anns na garbh-rodaibh do-choiseachd,
ma threòraicheas tu sinn;
Ar n aran laitheil 's trusgan cuirp,
ma dheonaicheas tu dhuinn'.

4 Um-ainn ma sgaoileas tu do sgiath,
is sinn le seachran sgith:
Gus an rig ar n anama teach,
ar n Athar chaoimh ann sith:

5 Dhearcoimh-cheangail, bheir sinn dhuit,
sinn-fein 's ar geill mar-aon; [dhuit,
'S cho toir sinn 'mhàin ar deachmhadh
ach iom-laineachd ar maoin'.

LAOIDH XLV.

Taisb. i. 5.—9.

AN Dia-dhuin' ghràdhaich an'ma dhaoin',
's a nigh dhinn' ciont' le fhuil;
A rinn dhinn' Righ' is Sagarta
d'a Athair Dia nan dùl:
Lionar gach beal le binn-cheol d'a,
's gach croidh' le teas-gradh caomh!
Air talamh canar buidh'chas d'a,
's air Neamh le ainglibh naomh'!

3 Feach, teachd Mic De air nealaibh luath,
's ait leis gach naomh an la;
Feadh ghuileas a luchd casgraidh truadh,
le amh-ghar is le crà'. [nach;
4 'S mi 'n cead neach 's an neach deirean-
's leam bith gun tùs gun chrioch:
Maith, glic, is uilea-chumhachdach,
bha, 'ta mi, 's bithidh choidhch'!

CRIOCH.

NOCHDOIR TEAGSA nan Reimh-eidir-theangachadh.

Aireamh.		Taobh-dhuilleog.
1.	LUC. ii. 8.—15.	7
2.	Luc. i. 46.—59.	8
3.	Luc. ii. 29.—44.	9
4.	Luc. iv. 18, 19.	9
5.	Isa. xlii. 1.—13.	11
6.	Isa. liii.	13
7.	Philip. ii. 6.—12.	15
8.	Eabh. iv. 14.—16.	16
9.	Taisb. v. 6.—14.	18
10.	Urnaigh an Tighearna, Mat. vi. 9.—14.	20
11.	1 Cor. xiii.	21
12.	Eabh. xii. 1.—13.	23
13.	Job i. 21.	26
14.	Join xiv. 1—5.	27
15.	Join xiv. 25.—29.	28
16.	Isa. xl. 27.—31.	29
17.	Isa. xlix. 13.—17.	30
18.	Job ix. 2.—10.	31
19.	Tit. iii. 3.—9.	32
20.	Join iii. 14.—19.	33
21.	Romh. iii. 19.—22.	35

Aireamh.		Taobh-dhuilleog.
22.	Romh. vi. 1, 2, 6.	35
23.	Romh. ii. 4, 5.	36
24.	Job viii. 11. 22.	37
25.	Luc. xv. 13.—25.	38
26.	Mat. xi. 25. gu Crich.	40
27.	Isa. lv.	41
28.	Isa. ii. 2.—6.	43
29.	Isa. xxvi. 1.—6.	45
30.	1 Join iii. 1.—4.	46
31.	Hab. iii. 17, 18.	47
32.	2 Tim. i. 12.	48
33.	2 Tim. iv. 6, 7, 8. agus 18.	49
34.	Eabh. xiii. 20, 21.	50
35.	Romh. viii. 31. gu Crich	51
36.	Sean. viii. 1, 22, 36.	52
37.	Gen. i.	54
38.	Taisb. xxi. 1—9.	56
39.	Job iii. 17.—20.	58
40.	1 Pead. i. 3.—5.	58
41.	1 Cor. xv. 52. gu Crich.	59
42.	2 Cor. v. 1.—11.	61
43.	Taisb. vii. 13.—17.	62
44.	Gen. xxviii. 20, 22.	64
45.	Taisb. i. 5.—9.	65

Foirceadul Aith-ghearr

HEASNUIGHE,

Air tus air na orducha le

OI'-THIONNAL nan DIAGHAIRIBH ag NIAR-MHANAISTER, ann an

SASGAN;

Leish an d'aontuighe

ARD-SHEANNADH EAGLAISH na

HALBANN,

Chum a bhith na chuidd eigin d'aon-mhodh Crabhuidh eidir Eaglaishibh CHRIOST ann sna tri RIOGHACHDAIBH.

Air na churr an Gailic le Seanaidh

EARRA-GHAOIDHEAL

Agus anoish cuidd do mhearrachdaibh a Chlobhualaidh air na Leasfacha chum maith Coitcheann, GAIDHEALTACHD ALBA. Clo bhuailt' sna Galic n' darra Uair.

Clodh-bhuailt' agus r'an Reic le EOIN GILLIES Leabhair-reiceadoir ann PEAIRT.

MDCCLXXIX.

An ABC Rhomhanach.

A a b c d e f g h i j k l m n o
p q r ſ s t u v w x y z &.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R
S T U V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r ſ s t u v w x y z &.

ct ſb ſk ſh ſt ſi fi ff fl ffi ffl.

An A B C Eiddeilteach.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R S T U V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r ſ s t u v w x y z &.

ct ſb ſk ſh ſt ſi fi ff fl ffi ffl.

Na Bhuelibh.	Na Conſonantaibh.
a e i o u y.	b c d f g h j k l m n p q r ſ s t v w x z.

Na Puinc. , ; : . ? ! - ( ) § * † ‡ ‖ ¶.

Ab	eb	ib	ob	ub	Al	el	il	ol	ul
ac	ec	ic	oc	uc	an	en	in	on	un
ad	ed	id	od	ud	ar	er	ir	or	ur
af	ef	if	of	uf	as	es	is	os	us
ag	eg	ig	og	ug	at	et	it	ot	ut

1. C. *CREUD is crioch araid do'n Duine?*

F. Is i is crioch araid do'n Duine Dia do Ghloracha, agus do Mhealtuin gu suthain.

2. C. *Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar teagasg chum' sgu feadamaid eisin do ghloracha, agus do mhealtuin?*

F. Is e focall Dhe (ata air na churr sios ann a Scrioptuiribh an tsein-tiomnuidh, agus an Tiomna-nuadh) amhain is Riaghail Dhuinne d'ar teagasg chum 'sgu feadamaid eisin do ghloracha, agus do mhealtuin.

3. C. *Creud ata na Scrioptuiribh gu h arraid ag teagasg?*

F. Ata na Scrioptuiribh gu h arraid ag teagasg, gach ni is coir do'n Duine chreidsin timchioll Dhe, agus an dleasdanas at Dia ag iarruidh air an Duine.

4. C. *Creud e Dia?*

F. Dia is Spiorad e, ata neimh-chriochnuigheach, Bith-bhuan, neimh-chaochladach, ann na Bhith, a Ghliocas, a Chumhachd, a Naomhachd, a Cheartas, a Mhaitheas, agus Fhirinn.

5. C. *An bheill tuille Dee ann ach a h aon?*

F. Ni

F. Ni bheill ach a h aon amhain, an Dia beo fior.

6. C. *C'a lion Pearsa ata san Diadhachd?*

F. Ata tri Pearsa san Diadhachd, an t Athair, an Mac, agus an Spioradh-naomh: Agus an triarsa is aon Dia ionnan ann a natur, coimh-meass ann a Cumhachd, agus an a Gloir.

7. C. *Creud iad orduighe De?*

F. Is iad orduighe De, a run-siorruidhe, do reir Comhairle a thoille, leish an d'orduigh se ro'-laimh chum a ghloire sein, gach ni thig gu crich.

8. C. *Cionnas ata Dia ag curr orduighe an gniomh?*

F. Ata Dia ag curr orduighe an gniomh, ann oibribh, an Chruthaigh agus an Freasdail.

9. C. *Creud is Obbair an Chruthaigh ann?*

F. Is i Obbair an Chruthaigh, Dia do dheanadh nan uile nithe do neimh-ni, le Focall a Cumhachd, ann feadh se laithe, agus iad uille ro-mhaith.

10. C. *Cionnas do Chruthaigh Dia an Duine?*

F. Do Chruthaigh Dia an Duine, Fear, agus Bean, do reir Iomhaigh fein, ann eolas,

s, Firinteachd, Naomhach, le nachdra-achd os-cionn nan Creatuiribh.

11. C. *Creud iad Oibridh-freasdail De?*

F. Is iad Oibridh Freasdail De, gu heill se ag coimhid, agus ag Riaghladh an uille Chreatuiribh, le nan uille Ghnio-mharaibh, gu ro-naomha, ro-ghlic, agus u ro-Chumhachdach.

12. C. *Creud e an gniomh araid Freas-dail do rinn Dia do thaoibh an Duine san staidd ann do Chruthuicheadh e?*

F. An t am do Chruthaigh Dia an Duine, lo rinn se Coi'cheangal beatha rifs, ag iar-ruidh umhlachd iomlan air mar Chumh-nant; agus ag toirmisg Dho ni air bith the do Chraoibh Eolaish maith agus uilc, saoi Phein a Bhaish.

13. C. *An d'fhan air cead-sinsir ann san chead staidd ann do Chruthuicheadh iad?*

F. Air bhith d'ar cead-sinsiribh air am fagail gu saoirse an toille fein, do thuitea-dar o'n staidd ann do Chruthuicheadh iad le peacadh ann aghaidh Dhe.

14. C. *Creud e Peacadh?*

F. Is e peacadh brisheadh Lagh Dhe.

15. C. *Cia e an Peacadh leish an do thuit air Cead sinsir o'n staidd ann do Chru-thuicheadh iad?*

F. Do

F. Do b'e an Peacadh leiſh an do thuit air Cead-ſinſir o'n ſtaidd ann do Chruthuich-eadh iad, gu d'ith ſiad an meaſs-toirmiſgt'.

16. C. *An do thuit an Cinneadh daonna uille ann a Cead pheacadh Adhamh?*

F. O do bhith an Coi' cheangal air na dheanadh re Adhamh, ni amhain air a ſhon fein, ach ar-ſon a ſhliochd: Uime ſhin, an Cinneadh-daonna uille do thainic anuas uaidh, tre geinnilleacha gnathaicht', do pheacuidh iad ann-ſan, agus do thuit ſiad maille riſs ann ſan chead-ſeachran.

17. C. *Creud i an ſtaidd ann d'tug an leagadh ud an Cinneadh daonna?*

F. Do thug an leagadh ud an Cinneadh-daonna, gu ſtaidd peacaidh, agus truaighe.

18. C. *Creud e peacadh na ſtaidd ſin ann do thuit an Duine?*

F. Trid an leagaidh ud, ata an Duine faoi chionta chead-pheacaidh Adhamh, faoi easbhuidh na cead-fhirinteachd, faoi thruailleachd a natuir gu h iomlan (d'on goirrear gu Coitchean Peacadh-gein) agus faoi gach uille Pheacadh-gniomh ata ag geintin uaidhe ſhin.

19. C. *Creud e truaighe na ſtaidd ſhin ann do thuit an Duine?*

F. Trid

F. Trid an leagaidh ud, do chaill an nneadh-daonna uille an co'-chommunn Dia, ataid faoi Fheirg agus Mhallacha he agus mar ſhin, ataid faoi gach uille ruaighe ſan bheathuidhs', fo'n Bhas fein, gus faoi Phiantaibh Ifrionn gu ſiorruidhe.

20. C. *An d'fhag Dia an Cinneadh-aonna uille do bhi cailte ann ſtaidd pea-ridh agus truaighe?*

F. Air tagha do Dhia da ghean maith ein, roimh thoiſeach an t ſhaoghail, cuidd igin do na Daoine chum na beatha-ſuthain, lo rinn ſe Coi'-cheangal-graſa reu, d'an Saoradh O ſtaldd an Pheacaidh, agus na Truaighe, agus d'an tabhairt gu ſtaidd Slanuighe trid Fearſaoruidh.

21. C. *Cia e is Fear ſaoruidh do Phobull taghta De?*

F. Is e is aon Fhear-ſaoruidh do Phobull taghta De, an Tighearna Ioſa Crioſt amhain, neach air bhith dho na Mhac Sior-ruidhe do Dhia, do rinneadh e na Dhuine, agus mar-ſin ata ſe ag fantain na Dia, agus na Dhuine, ann da Natur eidir-dhealluicht agus ann aonphearſuin am feaſt.

22. C. *Air bhith do Chrioſt na Mhac do Dhia, cionnas do rinneadh e na Dhuine?*

F. Do

F. Do rinneadh Crioſt Mac Dhe n Dhuine, le Corp-fior, agus anam-riaſonta d ghabhail chuige fein, air bhith dho le Cum hachd an Spiorad-naoimh air na ghabha am Broinn Mhuire na h Oighe, agus ai bhreithle, gidheagh a feugmhais peacaidh

23. C. *Cia iad na h Oifigeadha ata Crioſ ag curr an gniomh mar air Fear Saoruidh ne?*

F. Ata Crioſt mar air Fear-Saoruidh-ne ag curr an gniomh Oifigeadha Faidh, Sagairt, agus Riogh, araon ann ſtaidd an Iriſhliche, agus an Arduiche.

24. C. *Cionnas ata Crioſt ag curr Oifig Faidh an gniomh?*

F. Ata Crioſt ag curr Oifig Faidh an gniomh, ann toill De chum air Slanuighe fhoilſeacha dhuin, le na Fhocall, agus le na Spiorad.

25. C. *Cionnas ata Crioſt ag curr Oifig Sagairt an gniomh?*

F. Ata Crioſt ag curr Oifig Sagairt an gniomh, ann e-fein do thabhairt ſuas aon-uair na iobairt do dhioladh Ceartaiſh De; agus do dheanadh air reitigh re Dhia; agus ann gnath-eidir-ghuidhe do dheanadh air ar-ſoinne.

26. C. *Cionnas ata Crioſt ag curr Oifig Riogh an gniomh?* F. Ata

F. Ata Crioſt ag curr Oifig Riogh an iomh, le ſinne do cheanſacha dho fein, o riaghladh, agus do ſheaſſamh, agus le ofg do churr air na h uillidh is naimhde ho-ſan agus Dhuinne.

27. C. *Cia iad na nithe ann an roibh Crioſt air na Iriſhleacha?*

F. Do bhi Chrioſt air na Iriſhleacha ann bhith air a bhreith, agus ſhin ann a ſtaidd ſheal, air na dheanadh fo'n Lagh, ag doll o gach truaighe na beathſa, fo fheirg Dhe, agus fo Bhas malluicht' na Croiche, ann a bhith air na adhlacadh, agus ag fuir-reachd fo Chumhachd an bhaiſh re ſeall.

28. C. *Cia iad na nithe ann a roibh Crioſt air na Ardacha?*

F. Do bhi Chrioſt air na Ardacha ann a aiſh-eirigh O na Marbhuibh air an treas la, ann a dholl ſuas air Neamh, ann a ſhuidhe air Deas-laimh Dhe an Athair, agus ann a theachd do thabhairt breith-eamhnas air an t ſhaoghal ann ſan la-dheirreanach.

29. C. *Cionnas atamaid air 'nar deanadh ann 'nar luchd Co' pairt d'on t ſaoirſe do choiſſin Crioſt?*

F. Atamaid air 'nar deanadh ann 'nar luchd

luchd Co'-pairt d'on tſaoirſe do choiſſ Crioſt, leiſh an t ſaoirſe ſhin a churr rini gu h eifeachdach le na Spiorad naomh ſan.

30. C. *Cionnas ata an Spiorad ag cur rinne na ſaoirſe ſhin do choiſſin Crioſt?*

F. Ata an Spiorad ag curr rinne n ſaoirſe ſhin do choiſſin Chrioſt, le Creid deamh oibreacha ionnain leiſh an bhei ſe 'gar Coi cheangal re Crioſt ann ai Gairm eifeachdach.

31. C. *Creud is Gairm eifeachdach ann:*

F. Is Gairm eifeachdach ann, obbai Spioraid De, leiſh an bheill ſe 'gar fagai riſs ionnain fein am peacadh, agus truaighe ag Soilſeacha air 'nintinneadh ann eolas Chrioſt, ag ath-nuadhacha air toille, agus air a lorg ſhin 'gar deanadh deonach agus commaſach air loſa Crioſt a dhlu-ghabh-ail chugain, mar ata ſe air na thairgſe dhuinn' gu ſaor ann ſan t ſoiſgeul.

32. C. *Cia iad na Sochair ata an druing ata air nan Gairm gu h Eifeachdach ag faghail ſan bheathuidhs'?*

E. Is ſiad na ſochair ata an druing ſhin ag faghail ſan bheathuidhs', Firinneacha, Uchdmhacachd, agus Naomhacha; agus

gach

ach uille Shochair ata ag fruthagh uatha an bheathuidhs'.

33. C. *Creud is Firineacha ann?*

F. Is e Firinneacha gniomh faor ghrafa De, leifh a bheill fe ag maitheamh dhuinn air 'mille pheacaidh, agus ag gabhail rinne nar Fhirinnibh ann na fhianaifh fein, agus fhin amhain ar-fon Firinteachd Chrioft air aa mheafs dhuinne, agus air a ghabhail chugain le Creiddeamh amhain.

34. C. *Creud is Uchd-mhacachd ann?*

F. Is i an Uchd-mhacachd, gniomh faorghrafa De, leifh an bheill Sinn air ar ghabhail ann aireamh Chloinne De, agus leifh an bheill coir againn air gach uille Shochairibh, agus urram a bhuinneas doibh.

36. C. *Creud is Naomhacha ann?*

F. An naomhacha is obair faor-ghrafa De e, leifh an bheill finne air ar 'n ath-nuadhacha fan Duine gu h iomlan do reir Fioghrach Dhe, agus air ar déanadh commafach ni is mo, agus ni is mo, chum bafacha do pheacadh, agus chum bhith beo do'n Fhirinteachd.

36. C. *Creud iad na Sochair ata ann fan bheathuidhs' ann a Co' chuiddeachd, no ag*

fruthagh

frugath o'n Fhirinneacha, o'n Uch-mhacach anus o'n Naomhacha?

F. Is iad na Sochair ata ſan bheathuidhs' ann a Co'-chuiddeachd no a Sruthagh uatha ſhin, dearbh-bheachd ai Gradh Dhe, Siothchaint Coguiſh aoibhneas ſan Spiorad-naoamh, fas ann a graſa agus buan-mhairreachduin ann, gu teach na criche deirreannaich.

37. C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Chrioſt, re h an an baiſh?*

F. Ata Anamanna nan Creidmheach re h'am an baiſh, air an deanadh foirfe ann a Naomhachd, agus air ball ataid ag dol chum-Gloire, agus air bhith do'n Corpaibh Sior-cheangailt' re Crioſt ni'd comhnuidh ann nan Uaighibh gu nuig an aſh-eirigh.

38. C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Crioſt ann ſan aiſh eirigh?*

F. Ann ſan aiſh-eirigh, air bhith do na Creidmhigh air an duſgadh aſs an Uaighibh ann an Gloir, bithigh ſiad air an aithneacha gu follaſh, agus air an lan ſhaoradh ann la bhreitheamhnais, agus air an

deanadh

eanadh uille-bheannuicht' ann an Dia
n-mhealtuin gu Siorruidhe.

39. C. *Creud e an Dleaſdanas ata Dia g iarruidh air an Duine?*

F. Is e an Dleaſdanas ata Dia ag iar-
uidh air an Duine, umhlachd da thoill
ta air na ſoilſeacha.

40. C. *Creud i an Riaghail umhlachd thug Dia do'n Duine air thoiſeach?*

F. Do bi an Riaghail umhlachd a thug
Dia do'n Duine air thoiſeach, Lagh na
Modhannaibh.

41. C. *Cia e an t aite ann a bheil an Lagh' na Modhannaibh air na churr ſios u haith ghearr iomlan?*

F. Ata an Lagh' na Modhannaibh air
a churr ſios gu haith-ghearr iomlan, ann
na deich Aitheantaibh.

42. C. *Creud is ſuim do na deich Aith-ntaibh?*

F. Is i is Suim do na deich Aitheantaibh,
n Tighearna air Dia do ghradhacha le
ir 'n uille Chroidhe, le air 'n uille Anam,
air 'n uille Neart, agus le air 'n uille
ntinn, agus air Coimhearſan do ghradha-
ha mar ſinn-fein.

43. C. *Creud is Reamh radh do na deich Aitheantaibh?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh, air na churr fios ann fna briathraibhs' (is mifhe an Tighearna do Dhia neach a thug thuffa afs Tallamh na Heiphte agus afs Tighe na daoirfe.)

44. . *Creud ata Reamh radh nan deich Aitheantaibh ag teagafg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagafg Dhuinne, do bhri gur e Dia is Tighearna ann, agus gur e is Dia agus is Fear-faoruidh Dhuinne, uime fhi gu bheill a dh'fhiache oirne uille Aitheantaibh-fan do Coimhid.

45. C. *Cia i an chead Aithne?*

F. Is i an chead Aithne (na biodh De eille agat ann am fhianaifhe.)

46. C. *Cread ata air na iarruidh fa chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag iarruidhe oirne, aithneacha, agus aidmheil, gur Dia amhain an fior-Dhia, agus gur e a Diaine e, agus finne adhradh, agus Glo do thabhairt Dho da reir-fhin.

47. C. *Creud ata air na thoirmifg fa chead Aithne?*

F. A

F. Ata an chead Aithne ag toirmiſg, an Dia fior do ſheanadh, no an t-Adhradh, agus an Ghloir a dhlighear Dho-ſan do leiginn tharruinn, no an tabhairt d'aon neach eille.

48. C. *Creud ata air na teagaſg Dhuinne gu ſonraicht' ann ſna briathraibhs' ſan chead Aithne* (am fhianaiſhe.)

F. Ata na briathraſa ſan chead Aithne *(am fhianaiſhe)* ag teagaſg Dhuinne, gu bheill Dia do chi na h uille nithe, ag tabhairt airre do'n pheacadhſa, iodhon, Dia air bith eille do bhith againn, agus ag bheill ſe ro dhiombach dheth.

49. C. *Creud i an darra Haithne?*

F. Is i an dara Haithne, (Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalta, no aon-fhioghair nithe ata ſhuas air neamh, no air Tallamh a bhoſs, no 'ſan uiſge fo Thallamh, na geillſe dhoibh, agus na dean ſeirbhis dhoibh, oir miſhe an Tighearna do Dhia, is Dia eud mhor mi leannas aingidheachd nan Athraibh air an Cloinn, gu nuige an treas no an ceathramh ceim no glun-geiniligh, air an droing fhuaitheachas-mi, agus ag foilſeacha trocair do mhiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi,

agus a choimhdeas m' Aitheantaibh.)

50. C. *Creud iarrar ſan dara Haithne?*

F. Ata an dara Haithne ag iarruidh, gach uile ghna Adhruidh, agus orduighe Dhiadhaigh, do iarr Dia ann na Fhocall, do ghabhail chugain, do conbhail agus do choimhid gu glan iomlan.

51. C. *Creud ata an dara Haithne ag toirmiſg?*

F. Ata an dara Haithne ag toirmiſg, adhradh do Dhia trid Iomhaigh, no air mhodh air bith eille, nach bheiil orduicht' ann a Fhocall fein.

52. C. *Creud iad na Riaſoin ata ceangailte riſs an dara Haithne?*

F. Is iad na Riaſoin ata ceangailte riſs an dara Haithne, ard-uachdranachd Dhe os air cionn, an t ſhealbh-choir ata aig ionnuin, an Gradh-laſte, agus eud ata aige da Adhradh fein.

53. C. *Cia i an treas Aithne?*

F. Is i an treas Aithne, (Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhia an diamhanas: oir ge b'e bheirreas ainm an diamhanas, ni bu neimh-chionteach ann a fianaiſh an Tighearna neimh chionteach e.)

54. C. *Creud iarrar ſan treas Aithne?*

F. Ata

F. Ata an treas Aithne ag iarruidh, gnatheacha naomha urramach do dheanadh, air Ainmibh, Tiodolaibh, Orduighe, Briathraibh, agus Oibrichibh Dhe.

55. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag toirmiſg mi'-naomhacha, no mi'-ghnathacha air bith do dheanadh air aon-ni leiſh an bheill Dia ga fhoilſeacha fein.

56. C. *Cia e an Riaſon ata air na cheangal riſs an treas Aithne?*

F. Is e an Riaſon ata air na cheangal riſs an treas Aithne, ge gu feadfuidh luchd briſheadh na Haithnes' doll ſaor O dhioghaltas do thaoibh Dhaoine, gidheadh ni fhuilling an Tighearna air Diaine dhoibh doll aſs O a cheart-bhreitheamhnas fein.

57. C. *Cia i an ceathramh Aithne?*

F. Is i an ceathramh Aithne, (Cuimhnigh la na Saboid choimhid naomha; ann ſe laithibh dean h obhair, agus h uille ſhaothair, ach is e an ſeachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obhair ſan la ſhin, thu fein, no do Mhac, no h Inghin, h Oglach, no do Bhan-og-lach, no do Choigreach ata an

taobh a ſtigh do d'dhoirſibh: oir ann ſe laithibh do rinn an Tighearna Neamh agus Talamh, an Fhairge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh ſe comhnuidh an ſeachda la; uime ſhin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, agus do naomhuigh ſe e.)

58. C. *Creud iarrar ſan cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag iarruidh, coimhid naomha do dheanadh do Dhia air na trathaibh ſuidhicht' do dhorduigh ſe ann na Fhocall, gu ſonraichte aon la iomlan do na ſeachd laithibh, chum a bhith na Shaboid naomh dho fein.

59. C. *Cia e an la do na ſeachd laithibh a dhorduigh Dia bhith na Shaboid gach Seachduin?*

F. O thoiſeach an t ſhaoghail a nuas gu nuig aiſh-eirigh Chrioſt dhorduigh Dia an ſeachda la do bhi na Shaboid gach ſeachduin; agus a riamh O ſhin a leath, an cead la do'n t ſheachduin a dh'fhantain, agus do ghnathacha gu deirreadh an Domhain chum a bhi na Shaboid do na Chrioſtuibh.

60. C.

60. C. *Cionnas is coir an t Sabóid do naomhacha?*

F. Is coir an t ſaboid do naomhacha, e tamh naomha do ghabhail re fadd an an la ſhin gu h iomlan, agus ſhin fos O ghnotheuichibh ſaoghalta, O aigher agus ſugradh ata ceadduichte air laithibh eille, agus an uille aimſir ſhin do bhuilleache re oibribh-Crabhuidh gu diamhair, agus gu ſollaiſh, leath a muigh do'n mhead is ata iomchuidh re na chaitheamh re h oibribh na h eigin, agus na trocaire.

61. C. *Creud ata air an thoirmiſg ſan cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag toirmiſg mi'-naomhacha na Saboide le diamhanas, agus neimh-churam ann oibribh an la ſhin, no fos le ſmuaintaibh, briathraibh, no gniomharaibh neimh-fheimeil timchioll ghnothuichibh Saoghalta, no re aigher agus Sugradh.

62. C. *Cia iad na Riaſoin ata ceangailte riſs an cheathramh aithne?*

F. Is iad na Riaſon ata ceangailte riſs an cheathramh Aithne, Dia do bhith ag ceaddacha Dhuinne, ſe laithe do'n t ſheachduin d'ar ghnothuichibh fein, agus ag

agradh coir airighte dho fein air an t Sheachda la; agus an Eisempleir do thug se fein uaidhe, agus gu do bheannuigh se la na Saboide.

63. C. *Cia i an Cuigeadh aithne?*

F. Is i an Cuigeadh aithne, (Tabhair onoir do t athair, agus do d' Mhathair: chum gu sinsichte do laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.)

64. C. *Creudiarrar san chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag iarruidh, an onoir do choimhid, agus an dleasdanas do Choi'-lionadh, ata dh'fhiacha do thabhairt do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus an daimhe da cheile fa leath, mar ataid ann airde, no 'n isle, no ann a Coi'-meals Inmhe.

65. C. *Creud ata air na thoirmisg san chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag toirmisg, ni air bith do dheanadh ata an aghaidh na h onoir, agus an dleasdanais, a bhuinneas do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus an daimhe fa leath da cheile.

66. C. *Creud e an Riason ata ceangailte ris an chuigeadh aithne?*

F. Is

F. Is e an Riaſon ata ceangailte riſs an huigeadh Aithne, gealladh air ſonnas, gus Saoghal fadda do uille luchd coimid na Haithneſe, da reir mar thig ſhin e Gloir Dhe, agus a maith fein.

67. C. *Cia i an Seiſadh aithne?*

F. Is i an Seiſeadh aithne, (Na dean narbhadh.)

68. C. *Creud iarrar ſan t ſeiſeadh aithne?*

F. Ata an ſeiſeadh Aithne ag iarruidh, gach uille dhicheall dhligheach do dheanadh chum air 'n anam fein, agus Anama lhaoine eille do choimhid.

69. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan t ſeiſeadh aithne?*

F. Ata an Seiſeadh Aithne ag toirmiſg, air 'n Anam do bhuin affain fein, no aſs eir Coimhearſain gu h e-coireach: agus gach uille nithe a chuiddeachas ſhin do dheanadh.

70. C. *Cia an Seachdamh aithne?*

F. Is i an Seachdhamh aithne, (Na dean adhaltrannas.)

71. C. *Creud iarrar ſan t ſeachdamh aithne?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag iarruidh, coimhid do bhi againn air ar Geanm-

mnuigheachd fein, agus Geanmnuigheach air Coimhearsain, ann air Croidhe, ann air Caint, agus ann air Beusaibh.

72. C. *Creud ata an Seachdamh aithne ag toirmisg?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag toirmisg, gach uille Smuainteacha, Briathar agus Gniomh neimh-gheanmnuighe.

73. C. *Cia i an t Ochdamh aithne?*

F. Is i an t Ochdamh Aithne, (Na dean goid.)

74. C. *Creud iarrar san Ochdamh aithne?*

F. Ata an tochdamh Aithne ag iarruidh, gach cuiddeacha laghail do dheanadh, chum air Saibhreas Soaghalta fein, agus Saibhreas Dhaoine eille, no chum air aghaidh.

75. C. *Creud ata air na thoirmisg san Ochdamh aithne?*

F. Ata an t Ochdamh Aithne ag toirmisg, gach ni air bith a bhacas air Saibhreas Soghalta fein, no Saibhreas air Coimhearsain gu he-coireach.

76. C. *Cia i an naoiamh aithne?*

F. Is i an naoiamh aithne, (Na dean fianais bhreige ann aghaidh do Choimhearsain.)

77. C. *Creud iarrar ſan naoiamh aithne?*

F. Ata an naoiamh aithne ag iarruidh an fhirinn eidir Duine is Duine ; agus air deagh-ainm fein, agus air deagh-ainm air Coimhearſain do ſheaſſamh, agus ſhin gu ſonraicht' ann fianaiſh do dheanadh.

78. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan naoiamh aithne ?*

F. Ata an naoiamh Aithne ag toirmiſg gach ni ata ag curr leath-trom air an fhirinn, no ni eacoir air ar deagh-ainm fein, no deagh-ainm air Coimhearſain.

79. C. *Cia i an Deicheamh Aithne ?*

F. Is i an Deicheamh Aithne, (Na ſmuain dhuit-fein Aroiſh, no teach do Choimhearſain, na ſmuain dhuitfein Bean do Choimhearſain, no Oglach, no Bhean-oglach, no Dhamh, no Aſſail, no aon-ni eille bhuinneas do d' Choimhearſnach.

80. C. *Creud iarrar ſan Deicheamh Aithne?*

F. Ata an Deicheamh Aithne ag iarruidh oirn, bhith I n toillichte le air ſtaidd fein, maille re fonn ceart agus intinn-ſheirceil do bhi ionnuin dar Coimhearſain, agus do gach uille ni bhuinneas dho.

81. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan Deicheamh Aithne ?*

F. Ata an Deicheamh Aithne ag toirmisg, gach tallach air ar staidd fein, gach doillicheas, agus farmad re maith air Coimhearsain gach togra, agus mianna ain-cneast, chum aon-ni d'am bi aige.

82. C. *An bheill neach air bith commasach air Aitheantibh Dhe choimhid gu foirfe?*

F. Ni fheadar le aon-neach nach bheill ach na Dhuine amhain, O chead thuittim air sinsir, Aitheanta Dhe do choimhid gu foirfe san bheathuidhs', ach ata siad gach la ga'm brisheadh ann smuaintibh, ann Focall, agus ann gniomh.

83. C. *An bheill gach uille bhrisheadh an lagh coi'-meas ann uamharachd?*

F. Ata cuidd do pheacaidh ionta fein, agus do bhri moran do nithe ata ga'n antromacha, ni is uamhaire na cheile ann finaishe Dhe.

84. C. *Creud ata gach aon-pheacadh ag toiltin?*

F. Ata gach aon-pheacadh ag toiltin Feirg, agus Mallacha Dhe, araon san bheathuidhs', agus san bheathuidh ata chum teachd.

85. C. *Creud ata Dia ag iarruidh oirne chum'sgu seadamaid tearnadh O na Fheirg, agus O na Mhallacha-sanna thoill sinne thaoibh air peacaidh?*

F. Chum

F. Chum tearnad O Fheirg, agus O hallacha Dhe a thoill finne ar-fon air peaidh, ata Dia ag iarruidh oirne Creidtamh ann Iofa Crioft, Aithrighe chum beatha, maille re gnathacha dicheallach dheanadh air na Meadhonaibh ata ann ath a muigh, leifh an bheill Crioft ag co' airteacha rinne fochair na foirfe.

86. C. *Creud is Creiddeamh an Iofa Crioft nn?*

F. Creiddeamh an Iofa Crioft, is Grasainteil e leifh an bheill finne ga ghabhailn, agus 'gar focracha fein air-fan na aonar, um flainte, mar ata fe air na thairgfe huinne fan t foifgeul.

87. C. *Creud is Aithrighe chum na beaba ann?*

F. Aithrighe chum na beatha, is Gras ainteil i, leifh an bheill an Peacadh (air o-thacha dho gu cheart da pheacadh fein, gus do throcair Dhe ann an Crioft) le oillicheas, agus le fuath a pheacaidh, ag ompodhuatha gu Dia, le lan run, agus gnahairgfe nuadh-umhlachd a thabhairt dho.

88. C. *Creud iad na Meadhoin o'n leath muigh, leifh an bheill Crioft ag co'-pairteacha rinne fochrair na faoirfe?*

F. Is

F. Is iad na Meadhoin ſhin, orduigh Crioſt gu haraid an Focall, Sacramaintib agus Urnuighe: Ata gu h ullidh air a deanadh eifeachdach chum Slainte do n Daoine taght.

89. C. *Cionnas ata an Focall air n dheanadh eifeachdach chum Slante?*

F. Ata Spiorad Dhe ag deanadh le bhoireachd an Fhocaill, ach gu haraid Shearmonacha na Mheadhon eifeachdac chum Peacacha fhagail riſs, agus da'n ion podh, agus da'n togbhail ſuas ann a Naomhachd, agus an co'-fhurtachd tri Creiddigh chum Slainte.

90. C. *Cionnas is coir an Focall do lea bhagh, agus do eiſteachd, chum'ſgu biodh eifeachdach chum Slainte?*

F. Chum 'ſgu deanta an Focall eifeach dach chum Slainte, is feimeil Duinne airr do thabhairt dho le ullamhacha, le Ui nuighe, agus le dicheall; a ghabhail chu chugain le Creiddeamh, agus Gradh, churr an taiſge ann air Criodheacha agus churr an gniomh ann air beathuidh.

91. C. *Cionnas ata na Sacramaintib air nan deanadh na Meadhoin eifeachdac chum Slainte?*

F. At

F. Ata na Sacramaintibh air nan deandh eifeachdach chum Slainte, ni h ann D briogh air bith ata ionta fein, no fan ti lo ni am frith-eola, ach trid beannacha Chrioſt amhain, agus oibreacha a Spioraid-fan, ſan droing a ghabhas chuca iad le Creidamh.

92. C. *Creud is Sacramaint ann?*

F. An t Sacraiment, is ordughadh naomha le Crioſt i, ann a bheill Crioſt, agus ſochair Chumhnanta nan gras, air an taisbeannadh, agus air an Seulacha, agus air nan curr riſs na Creidmhigh le Comharaibh corpora ſo-fhaicſin.

93. C. *Cia iad Sacramaintibh an Tiomna nuaidh?*

F. Is iad Sacramaintibh an Tiomna-nuaidh. Baiſteadh, agus Suippeir an Tigh-earna.

94. C. *Creud is Baiſteadh ann?*

F. An Baiſteadh is Sacramaint e, ann a bheill ionlaid le huiſge, ann an ainm an Athair, an Mhic, agus an Spioraid naoimh, ag ciallacha, agus ag ſeulacha, gu bheill finne air ar ſuidheacha ann an Crioſt, agus ann air luchd co'-pairt do Shochairibh Chumhnant nan Gras, agus ag ſeulacha

fos

fos air Boid gur leiſh an Tighearna ſinn.

95. C. *Cia do'n coir am Baiſteadh do Fhritheoladh?*

F. Ni an coir am Baiſteadh do fhritheoladh, d'aon neach ata an taobh a muigh do'n Eaglaiſh fhaicſinnich, no gu'n aidmhich iad an Creiddeamh ann an Crioſt, agus an Umhlachd dho, ach is coir Naoidheanna na droinge, ata na'm buill do'n Eaglaiſh-fhaicſinnich, do bhaiſteadh.

96. C. *Creud i Suippeir an Tighearna?*

F. Suippeir an Tighearna is Sacramaint i, ann a bheill bas Crioſt air na fhoilſeacha, le arran, agus fion do thabhairt, agus do ghabhail do reir orduighe fein, agus an droing a ghabhas chuca guth iomchuidh iad, a'taſiad (ni air mhodh feolmharach) trid Creiddigh, air an deanadh nan luchd co'-pairteach da Chorp agus da fhuill ſan, le uille Shochairibh, chum an altrum, agus am fas an Gras.

97. C. *Creud is feimeil do'n droing ſhin a dheanadh, leiſh am baill Suippeir an Tighearna do ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Is feimeil dhoibh iad-fein a cheaſnacha ann nan Eolas, chum aithne do dheanadh air Chorp an Tighearna, ann nan Creid-

deamh

leamh, chum beatha an Anama do tharraing
ſs, ann nan Aithreachas, nan Gradh, agus
nan nuadh-umhlachd, D'egal, air teachd
lhoibh gu neimh-iomchuidh gu'n ithfid, a-
gus gun olfuid Breitheamhnas dhoibh fein.

98. C. *Creud is Urnaighe ann?*

F. Is i is Urnaighe ann, tabhairt fuas air
n Athchuinge do Dhia, ag iarruidh ni-
heanna do reir a thoil ann an Ainm Chrioſt,
g aidmheil air peacaidh, agus ag tabhairt
buidheachas dho ar-ſon a Thiolaicaibh.

99. C. *Creud i an Riaghail a Thug Dia Dhuinne d'ar Seoladh ann an Urnaighe do dheanadh?*

F. Ata focall Dhe gu h uillidh ga'r Seo-
adh ann an Urnuighe do dheanadh, ach is
an Riaghail Shonraicht' a ſheolas ſinn, an
Fhoirm Urnuighe ſhin do theagaſg Crioſt
la Dheiſciopla da'n goirrear gu coit-chean-
ta Urnuighe an Tighearna.

100. C. *Creud ata Reamh-radh Urnuighe an Tighearna ag teagaſg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh Urnuighe an Tig-
earna *(Iodhon air 'n Athair ata air Neamh)* ag teagaſg Dhuinne, teachd an fo-
raſg do Dhia le gach uille urram naomha
gus muinghin, mar Chloinn chum an

Athair,

Athair, ata commasach agus ullamh d'a cuiddeacha; agus gu'r coir guidhe dheanad maille re Daoine eille, agus air an son.

101. C. *Creud ata sinn ag guidhe sa chead Iartas?*

F. San chead Iartas, *(Iodhon gu n beannuicht' h Ainmhse)* ata sinn ag guidh gu ma toill le Dia sinne, agus daoine eil do dheanadh commasach air e fein do ghl racha anns gach aon-ni leish an bheill se fhoilseacha fein Dhuinn, agus gu ma to leish gach ni do Shuidheacha agus orduc chum a Gloire fein.

102. C. *Creud ata sinn ag guidhe s dara Iartas?*

F. San dara Iartas, *(Iodhon gu tigea do Rioghachd-sa)* ata sinne ag guidhe Dh Rioghachd an Aibhseir do sgriosa, ag Rioghachd nan Gras do mheadacha, sin agus Daoine eille do thairraing da h ic suidhe, agus do choimhid inte, agus Ric hachd na Gloire do luathacha.

103. C. *Creud ata sinn ag guidhe treas Iartas?*

F. San treas Iarrtas, *(Iodhon, Deani do thoillse air an Tallamh mar nithear Neamh)* atamaid ag guidhe Dhe, sinne

dheana

eanadh commasach, agus deonach le na
hras, chum eolas a ghabhail air a thoill
n, do bhith freagrach, agus umhal dith
ns gach aon niamhuil mar ata na h Aingil
Neamh.

104. C. *Creud ata sin ag guidhe san eathramh Iartas?*

F. San cheathramh Iartas, *(Iodhon, tabair dhuinn an diugh air 'n Arran laitheil)* a sinn ag iarruidh gu fuighmid do shaoroir-bheartas Dhe, Rann chuimseach do thibh maith na beathasa, agus gu mealm-aid a bheannacha fein maille reu.

105. C. *Creud ata sinn ag guidhe san uigeadh Iartas.*

F. San chuigeadh Iartas, *(Iodhon, agus aith dhuinne air fiacha, amhluidh mar haid-mid d'ar Feicheannaibh)* atamaid ag uidhe Dhe maitheamhnas do thabhairt huinn gu saor ann air 'n uille pheacaidh r-son Chriost: agus is moid air misneach ho iarruidh, gu bheillmid air ar nearteacha id a Ghras-san, ann a maitheamhnas do habhairt do dhaoine eille o air Croidhe.

106. C. *Creud ata sinn ag guidhe san t eiseadh Iartas?*

F. San tseiseadh Iartas, *(Iodhon, agus*

na

na leig am buairreadh ſin, ach ſaor ſin oic) ata ſinn ag guidhe Dhe air coimhi-bhith air ar buairreadh chum peacaidh: air conbhail ſuas, agus air ſaoradh an t do bhuairrear ſinn.

107. C. *Creud ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna ga theagaſg dhuinn?*

F. Ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna, *(Iodhon, oir is leatſa an Rioghachd, agus an Chumhachd, agus an Ghloir, ſiorruidhe,* Amen.) ag teagaſg dhuinne neach ann Urnuighe do ghabhail o Dhe amhain, agus ann air 'n Urnuighe eiſin mholladh: le Rioghachd, Cumhachd, agus Gloir do thabairt dho, agus mar fiana air ar Miann, agus air dearbh beachd a eiſteachd faghail, deirmid, *Amen.*

Na deich Aitheantibh.

Exod. xx.

DO labhair Dia na Briathara ſho uille ag radh, miſhe an Tighearna do Dhia, an neach a th thuſſa mach aſs Tallamh na Heiphte, agus Tigh daoirſe.

I. Na biobh Dee air bith eille agat ann am fhianaiſl

II. Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalte, no a fhioghair nithe ata ſhuas air Neamh, no air Tallan

ſs, no ſan Uiſge faoi Tallamh, na geillſe dhoibh, na dean Seirbhis dhoibh: Oirs miſhe an Tighearna do Dhia, is Dia eud-mhor mi, leannas Ainachd nanAthraibh air an Cloinn, gu nuigean treas n ceathramh ceim, no glun-geiniligh, air an ng fhuathuicheas mi, agus ag foilſeacha trocair hiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi, agus a mhdeas m' Aitheantaibh.

I. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia an diams: Oir ge b'e bheirreas ainm an diamhanas, ni buh-chiontach ann a fianaiſh an Tighearna e, agus meafs an Tighearna neimh-chiontach e.

. Cuimhnigh la na Saboide choimhid naomha: ſe laithibh dean hobhair, agus huille Shaothair, s e an ſeachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; ean aon obhair ſan la ſhin, thu fein, no do Mhac, Inghin, h Oglach, no do bean-oglach, no h ainlhe, no do Choigreach ata an taobh a ſtigh do oirſibh: Oir an ſe laithibh do rinn an Tighearna mh agus Tallamh, an Fhairge, agus gach ni ata a, agus do ghabh ſe comhnuidh an ſeachda la; e ſhin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, s do naomhuigh ſe e.

. Tabhair onoir do t Athair, agus do d'-Mhathair, n gu Sinfichte do laithe air an Fhearran do bheir Tighearna do Dhia dhuit.

I. Na dean marbhadh.

II. Na dean Adhaltrannas.

III. Na dean Goid.

X. Na dean fianaiſh bhreige ann aghaidh do imhearſain.

. Na ſmuain dhuit-fein Araoiſh no teach do imhearſain, na ſmuain dhuit fein Bean doChoimhſain no Oglach, no Bhean-Oglach, no Dhamh, Aſſail, no aon-ni eille bhuinneas do d' Choimhearch.

Urnuighe an Tighearna.

AR n Athair ata air Neamh gu ma beannui
t ainm, gu tigeadh doRioghachd, gu deant
do thoill air Tallamh mar ata i air Neamh, tl
dhuinn an diugh ar n Arran laitheil, agus m
dhuinn air fiacha, mar mhaitheas sinn d'ar feich
naibh, agus na leig ann am buairreadh sinn,
saor sinn o Olc; Oir is leats' an Rioghachd, a
Chumhachd, agus a Ghloir gu siorruidhe. *Am*

A Chreid.

CREIDDIM ann an Dia an t Athair u
chumhachdach Cruthai'-fhear Neamh a
Talmhann: Agus ann an Iosa Criost aon Mi
san, air Tighearna neach do ghabhadh leish
Spiorad naomh, do rugadh le Muire Oighe,
fhuilling baish faoi Phontius Philait, do cheus
do fhuair bas, do Adhlacadh, do chaidh sios
Ifrionn, do eirigh
an * treas la on a n
bhaibh, do chaidh
air Neamh, do sh
air deas-laimh Dhe
Athair uille chumh
dach; ass shin do thig se thabhairt breithea
nas air bheothaibh, agus air mharbhaibh: Cr
dim ann san Spiorad-naomh: gu bheill Eagl
naomh gu h uillidh an, Co'-chummun
naoimh, Maitheamhnas nam peacaidh, A
eirigh na Colla, agus a Bheatha-shuthain. *Am*

* *D'fhuirrighe se ann staidd na marbh, agus faoi chumhachd a bhaish gu nuig an treas la.*

Mo bheath', mo neart, 's mo dhochas buan,
Ann bheill mo thearmunn treun ;
Cho tuit me, 's tu gam chonbhall ſuas,
Dhia eiſt gu gradd re m'eigh.

Air thoiſeach air biadh.

DThighearna pheacaidh ſinne a t aghaidh, agus air an abhar Shin chaill ſinn air coir r tiolaca air bith, gidheadh ghabh thuſſa truas inn, agus thu lon dhuinn ; a Thighearna deo- uich dhuinn a ghabhail gu meaſſara, agus le idheachas, agus dean Sinne le gnathacha na eadhona ſho na beatha, ni's iomchuidh ar-ſon Sheirbhis fein trid Joſa Crioſt. Amen.

An deigh bidh.

BUidheachas dhuits' o Thighearna ar-ſon Chrioſt, agus ar ſon gach beannacha thug hu dhuinn maille riſs, buidheachas dhuits' a heathaigh air cuirp, ann ſan ams', o biodh an iolaca ſho na thoiſeach air tiolaicigh is mo, agus s fearr, air nan ullamhachd dhuinn ann an rioſt, agus deonuich dhuinn ſaothaireacha arſon n-bhidh nach teirric, ach a mhairreas chum na eatha mhairrean-aigh trid Joſa Crioſt. Amen.

Clar dh'inſhis dhuit ainm rann no Cai bidil, araon le literibh agus figuribh, O aon gu mile, &c.

Aon, da, tri, ceathair, cuig, ſe, ſeach
i, ii, iii, iv, v, vi, vii,
1, 2, 3, 4, 5, 6, 7,
Ochd, naoi, deich, fichid, deich is fich
viii, ix, x, xx, xxx,
8, 9, 10, 20, 30,
Da fhichid, deich is da fhichid, tri-fichid
xl, l, lx,
40, 50, 60,
Deich is tri fichid, Ceathair fichid,
lxx, lxxx,
70, 80,
Deich is Ceathair fichid, Ceud, da cheud
xc, c, cc,
90, 100, 200,
Tri cheud, Ceathair cheud, cuig cheud
ccc, cccc, D,
300, 400, 500,

Mile.
M.
1000.